

# LUINNEAGAN LUAINEACH

## (Random Lyrics)

BY

SURGEON LIEUT.-COLONEL  
JOHN MACGREGOR, M.D.

INDIAN MEDICAL SERVICE; HONORARY BARD TO THE CLAN MACGREGOR  
and Author of "*The Girdle of the Globe*," "*Toil and Travel*,"  
"*Through the Buffer State*," &c.

" Bidh chlann bheag ag eisdeachd gach sgeulachd a dh-innsear,  
    Mu thimchioll na suinn a bha caoimhneil us treun,  
'S bidh cuimhne gu dluth ac' air cliu ard an sinnsear,  
    G' a leantuinn gu bäs anns gach cearnaidh fo 'n ghrein ;  
'S nuair thoisicheas naimbeas ri bagradh gu dàna,  
    'S a ghairmear na Gaidheil ri cheil' as gach gleann,  
Air-leam nach bidh h-aon dhiubh nach cuimhnich an àithne :—  
    Gu brath a bhi dileas do Thir ard nam Beann !!"

*Faic taobh-duilleig 97.*

London  
DAVID NUTT  
270-271 STRAND  
1897

[COPYRIGHT]  
M.T.

**Dedicated**

TO THE

**HEREDITARY PATRON**

LIEUT. SIR MALCOLM MACGREGOR OF MACGREGOR,  
BART., R.N.

*(Chief of the Clan Macgregor)*

AND TO THE

**PRESIDENT AND MEMBERS**

OF THE

**CLAN MACGREGOR SOCIETY**

BY THEIR HONORARY BARD AND FAITHFUL CLANSMAN

**THE AUTHOR**

Revam. 200097 - 2/11

## CLAR-INNSIDH

	PAGE
ROIMH-RADH . . . . .	I
VICTORIA OIRDHEARC . . . . .	13
CAOIDH AN DOCTOR MUILLLEAR . . . . .	20
BEANNACHD LEIS NA BEANNTAN . . . . .	24
TIR MO DHUTHCHA . . . . .	27
AM BRUADAR INNSEANACH . . . . .	33
SMAOINTEAN DIOMHAIR . . . . .	39
CLANN-RIOGHAL MO RUIN . . . . .	42
AM BODACH BOCHD . . . . .	45
PORT-CEUM NAN LEODHASACH . . . . .	49
MO GHRUAGACH DHONN . . . . .	52
AN UISEAG . . . . .	55
MO NIGHEAN MHEALLSHUILEACH . . . . .	59
CHA TEID DEUR DE 'N DRAM UD . . . . .	63
FONN-FOGRADH NAN GAIDHEAL . . . . .	68
AN LEISGEAN LOM . . . . .	71
MAIRI NA H-AIRIDH . . . . .	75
GUR CIANAL A THÀ MI . . . . .	78
NA CEITHIR BRAITHREAN . . . . .	80
CUMHA NAN CROITEARAN . . . . .	84
NA H-UACHDARAIN . . . . .	86
AN COLERA . . . . .	90
TIR NAM BEANN-ARD . . . . .	93
MARBHRAINN DO 'N T-SEANAILEAR SIR TEARLACH MACGHRIOGAIR . . . . .	96
FANNDAGEADH NA GAIDHLIG . . . . .	98
(Am Bruadar) . . . . .	99
(Cumha na mna) . . . . .	103

	PAGE
SUIL-ALUINN NA HEARRADH . . . . .	106
DIOMOLADH AN UISGE-BHEATHA . . . . .	110
NIGHEAN MO RUIN . . . . .	114
LOCHÀLUINN NAN CRAOBH . . . . .	117
EILEAN LEODHAIS . . . . .	121
SEONAIÐ . . . . .	124
CÀNAN MO GHAOIL . . . . .	126
STEORNABHAGH MHOR A' CHAISTEIL . . . . .	129
AN SEARMON FADA . . . . .	134
(An dara ceann) . . . . .	138
(An treas ceann) . . . . .	140
(An có-dhunadh) . . . . .	144
DÒDHUL AGUS MAIRI . . . . .	147
(Marbhrainn Dhòdhuil) . . . . .	152
GHOID IAD BHUAM THU . . . . .	159
'S MISE NOCHD THA SUNNTACH . . . . .	163
CUIR FAILT' AIR MO RIBHINN . . . . .	165
FAILTE BEAN NA BAINNSE . . . . .	167
A' MHAIGHDEAN MHARA . . . . .	169
NA MEALLTAIREAN . . . . .	174
(An Dara Duanag) . . . . .	176
(An Treas Duanag) . . . . .	179

## ENGLISH TRANSLATIONS

VICTORIA MAXIMA . . . . .	185
MY NATIVE SHORE . . . . .	192
THE LAST OF THE GAELS . . . . .	196
THE SKYLARK . . . . .	201
FOUR SONS WERE WE . . . . .	205
GENERAL SIR CHARLES MACGREGOR'S LAMENT . . . . .	208
DONALD AND MARY . . . . .	211
(Blenore's Coronach) . . . . .	216

## PREFACE

IN submitting the following lyrics to lovers of the ancient Gaelic language, a few words may be necessary in the way of a preface. They were written by me now and then, here and there, during an absence of some twenty years from the Scottish Highlands. Finding myself in India, getting rusty in Gaelic, and convinced that there was no better method of retaining a language in memory than by reading and writing it, I wrote these poems occasionally, and very much at random, as their name implies. Whether they may help or not, in some small measure, to inspire Highlanders with a love of the language of their warlike ancestors, they at anyrate profess to have been written in more varied parts of the world, than perhaps an equal number of poems by one and the same author, in any language whatever, since the world began ; and few songs have ever been composed more as a labour of love than those contained in this unpretentious little volume. With the single exception of *Victoria*

A



## PREFACE

*Oirdhearc*, the loyal poem to Her Majesty the Queen, which naturally occupies the pride of place in this book, and which I have just written in London, all the poems in the volume have been written in distant regions, sometimes on land and sometimes on sea ; and most of them have often and often been sung by myself, for my own amusement. Hence it is that I returned to the Highlands with a better knowledge of Gaelic than when first I left them.\*

Like many similar productions, they were not originally intended for publication. But they gradually grew to such a number, that they are now offered to the public at the request of many friends. Before leaving the Highlands, I was fairly familiar with the dialects of Ross, Inverness, and Argyll, by residence in these counties, which may be considered as typically Gaelic-speaking as any other.

Why the Gaelic should decay is a question more easily asked than answered. One might think it was the language of a craven people of whom their posterity had reason to be ashamed, instead of

\* *Victoria Oirdhearc*, mentioned above, as well as its English equivalent, *Victoria Maxima*, page 185, were two of the Jubilee poems (the cover being specially designed and embroidered by Mrs MacGregor) which the Queen has lately been pleased to accept, as a Highland literary tribute to Her Majesty's long and memorable reign.

being the language of historically one of the most warlike races that the world ever saw. Whatever the individual Highlander of the present day may be in himself, he has certainly no reason to be ashamed of the prowess of his forefathers ; and some way or other, people pride themselves on a warlike ancestry more than on anything else under the sun. It is true enough that English has cut a short march, as it were, on Gaelic, as the business language of bread and butter, which unfortunately we cannot do without. And however devoted to the Gaelic we may be, we should never undervalue the advantage and even the necessity for Highlanders to know English, without which they cannot nowadays make much headway in the world. But if we Highlanders have such small heads as to be capable of containing only one language, we are not the kind of people that we claim to be.

Partly on account of the different dialects in various parts of the Highlands, and partly also on account of the many blemishes in the lyrics themselves, I do not expect them to be equally appreciated by all kinds of readers. Words well understood in one part of the Highlands, may not be known at all in another part, or may have quite

a different meaning. We must not fancy, however, that this kind of difficulty exists only with Gaelic. It is so marked in English, that a north countryman from Yorkshire has sometimes a difficulty in understanding at all the language of a man from the south country of Devon or Cornwall. Besides, I have been very careful in my choice of both language and dialect, though it is only right to say that in Gaelic, as in all other languages, bards have always been proverbial for their poetic licence, if for none other. Gaelic bards, indeed, have been far from free from this poetic licence. Any one who cares to consult that large anthology of Gaelic verse, Mackenzie's *Beauties of Gaelic Poetry*, cannot fail to be struck with the numerous surgical operations performed on words by the bards to suit the requirements of their verse.

Generally speaking, no language can be called an exact science. The ancient Highland clans lived in distinct localities, from which it was not always safe for them to visit their next door neighbours; so that in the progress of time different districts, and even different clans, acquired different accents and dialects. The clans, however, are now no longer confined to their own original territories, but mingle freely with one another. Any clan

differences of dialect have, therefore, disappeared. But the accents and dialects of districts still live to such an extent that it is possible at the present day to make out what part of the Highlands a man comes from whenever he speaks — because his tongue bewrayeth him. Many of our Gaelic bards, again, sang their wood-notes and war-notes wild, in utter ignorance of the construction of the language ; and hence, in part at any rate, the very idiomatic character of the Gaelic tongue.

Among the greatest beauties of Gaelic verse are its *liquidity* and *assonance*, the latter meaning the repetition of similar or nearly similar open vowel sounds in the lines of the text. So long as the open vowel sounds constituting this *assonance* agreed or nearly agreed, good and well. But if not, the open vowel sound of one word was sometimes changed to suit that of the other. No doubt this fact, combined with territorial influences, gave rise to such variations as *oran* or *amhran* (a song), *smaoin* or *smuain* (thought), *aodach* or *eudach* (clothes), *deur* or *diar* (a drop), *cadal* or *codal* (sleep), etc., etc. This assonance being considered the great thing in Gaelic verse, the grace of rhyme has been so little cultivated that it is supposed to be incompatible with the genius of the language. Rhyme, however,

lends great charm to all kinds of verse, and though confessedly difficult in Gaelic, yet the reader will find several lyrics in this book to prove that it is by no means impossible, such as *Am Bruadar Innseanach*, page 33; *Clann-rioghal mo ruin*, page 42; “*Cuir failt' air mo Ribhinn*,” page 165; and various others.

Speaking of territorial peculiarities, I could give several instances, but will only mention one, as it refers to one of the longest poems in this book. Two or three years ago I made a cross-country journey through the wilds of Siam to the China Sea. On one of the first nights out, on a journey that I might not live to finish, I was lying in the open field with nothing for a roof but the sky. When looking at the stars gently twinkling in the clear tropical night, I fancied the Gaelic language in the form of a beautiful woman, fainting on the ground in some Highland glen, on account of being forsaken by her children. When this idea struck me, I ruminated to myself the first verses of a Gaelic poem which I finished afterwards, and which I called “*Fanndaigeadh na Gaidhlig*” (The Gaelic in a Trance), which the reader will find on page 98. And if a father may be supposed to have any predilection for any

particular one of his own children, I may say that this poem is one of my own favourite ones, both for the novelty of the idea and its romantic origin. On returning to India, I sent the poem to a well-known Highland journal. But when it reached me with the poem in it, I was not a little surprised to find that the heading had been changed from that already noted, to another heading called "*A' Ghaidhlig ann am plathadh.*" On inquiry, I was told that the word "*Fanndaigeadh*" would not be understood, and that it was too much like the English word "*Fainting.*" Now, in Ross-shire at any rate, this word "*Fanndaigeadh*" is understood to mean swooning or fainting outright, as from a wound, in contradistinction from the word "*Fannachadh,*" which means growing faint as from hunger or fatigue. I only mention this as an example of local peculiarity, where a word well understood in one part may not be understood at all in another. And though this book claims to be written as much as possible from the well of Gaelic undefiled, yet we cannot help in many instances to have some similarity to English words, such as *Iubili*, *Parlamaid*, etc., words which are nearly the same in both languages, and do not properly belong to either.

It must be remembered that a language is *made*

to a great extent, and, like other things, must march with the times. At this late hour of the day, it is impossible to know whether Adam and Eve spoke purer Gaelic than the best Gaelic scholars of the present day. I presume they did. But many changes have occurred since the confusion of the Tower of Babel, so that Gaelic, as it were, had to be made again. It is the best speakers and writers in prose and verse that help most in making and moulding a language—particularly the bard, for the very meaning of the word poet is a maker or creator. He often gives rise to new words and phrases, which, by their own merit, helped perhaps by the fame of their author, are followed by others, and finally incorporated into the language of everyday life. But though the poet may be the greater maker, the graphic prose writer has perhaps greater power in giving permanent form. Some people think that poetry is a spontaneous excrescence, produced at will and without an effort, by those inclined that way. This is a mistake; for verse is generally produced with care and toil. Milton is said to have spent seven long years over *Paradise Lost*, though an expert writer could easily copy the poem out in far less than a week. The prose writer, on the other hand, is less re-

stricted in his task, and he therefore works with more freedom and produces greater quantity.

But though there is no country in which the spirit of versifying more generally exists than in the Highlands of Scotland, yet their prose writers have been comparatively few. They stand in much need of leaders in Gaelic prose, to lead the way, and so stereotype the best powers of the language, if only for reference to future generations, even when the language itself may have become colloquially dead. And it is the duty of every Highlander to do his best to uphold the language, not only as a true and faithful servant, but also in order that, if the heroic language of a heroic people be doomed to die, its last days may be its best; and that it may perish like a gallant man-o'-war sinking in the ocean, with her flags flying, and fighting to the last.

I shall now briefly allude to a few points in connection with these poems in particular. The orthography of the Gaelic language is a great stumbling-block from the want of uniformity consequent on the absence of those great prose leaders that others would be willing to follow. Well, the word "*us*," a contraction of "*agus*" (and), is always spelt here as such, and without the usual apostrophe in front of it. Indeed, Gaelic is so full of apostrophes, that

they have become to me like red rags to a bull. In a language which so often drops the last syllable of a word when ending in a vowel, these microbes must always exist to a great extent, so that they should not be used when not needed. There is no more reason to put an apostrophe before "*us*" (thus '*us*), than there is to put it before the English word "*though*" (thus '*though*), a contraction of "*although*," or before the word "*till*" (thus '*till*), a contraction of the word "*until*." In the Gaelic Bible this word "*us*" is generally spelt "*is*," in utter disregard of its etymology, forgetting that the word "*us*" is a contraction of "*agus*," and that the word "*is*" in Gaelic is really a verb, with a distinct meaning of its own.

Again, when pronouns are understood, they are not always represented in this book by apostrophes, and for the simple reason that they do not always require them. We must allow a certain amount of common-sense and inference to the reader, not to be always flaunting these apostrophes before his eyes. For instance, the phrase :—"An duine 'chunnaic *thu*" (the man *whom* you saw) does not really require an apostrophe before the word "*chunnaic*," no more than the pronoun "*whom*" would require to be replaced by an

apostrophe, when left out of the English phrase just given. The reader will at once see that the expression "*The man you saw*" is just as good as "*The man whom you saw*," and that nobody would dream of using an apostrophe when the word "*whom*" is left out. It is the same with the majority of pronouns left out in the Gaelic and replaced by apostrophes. Besides, when apostrophes representing suppressed pronouns are to be used at all, the type should be so constructed that in the letterpress the apostrophes should be on the same level as the body of the text, instead of being popped on the top of the letters like a weather-cock on the top of a chimney. Again, such words as "'nuair, c'aite, c'arson," do not require an apostrophe. The extended forms of these words are, of course, quite correct; *an uair*, *cia aite*, *cia air-son*. But when they are contracted, they simply mean *when*, *where*, and *why*, and as such do not require an apostrophe. Generally speaking, though not always (as witness the example of "*us*" given above), the spelling of the Gaelic language is too etymological. It sacrifices too much the sounds of compound words to the sounds of the roots from which the compound words are derived; and it is also too fond of the connect-

ing links of hyphens, and of those nightmares of mine, the apostrophes.

In conclusion, the few poems in English at the end of the book are translations by myself. But for the greater part they only represent the same sentiment, and literal translation is not pretended or even intended in these cases. Anyone who has tried his hand at such translations knows well enough that literal translation in verse from one language to another is well-nigh impossible. A language that has no idiomatic body and soul of its own, but can be moulded like a piece of potter's clay into another language, or *vice versa*, is not a language at all. The poet Pope once translated the Iliad of Homer into English verse. Cowper, another poet, was asked his opinion of the English book. "Well," said he, "it is very good—but it is not Homer." The same complaint, at any rate, cannot be made against my translations; for however different they may be, both the originals and translations are all of them—my own.

J. MACGREGOR.

LONDON, *June* 1897.

## LUINNEAGAN LUAINEACH

---

### Victoria Oirdhearc.

(Faic taobh-duilleig 185.)

#### I.

Tha sinne 's an àm so ri cordadh,  
Le cridheachan sòlasach, blàth,  
Cuir failt' ort, a Bhanrigh ro oirdhearc,  
Do'n d-thug sinn ar boidean gu bràth ;  
Gu'n lean sinn feedh iomadach bliadhna  
Do shùgradh, do phianadh 's do dheoir,  
Gu dubhach 'an àm dhut bhi cianal,  
'S 'na d' għairdeachas riaraicht' gu leor.

#### II.

Gu siorruith cha bhasaich do chuimhne,  
Cho fad 's a bhios coill anns a' ghleann,  
Oir seinnear gu binn feedh nan linntean  
Do mhorachd le caoimhneas nach gann ;  
Bidh mathraichean gaolach 'g a aireamh  
Do naoigheanan blàth aig a' chich,  
'S bidh baird ann am Beurla's an Gaidhlig,  
Toirt luaidh ort gu bràth gus a chrich.

## III.

Cia àite bhios gaothan ri seideadh,  
 Ri siubhal an rèis mar is aill,  
 Cia àite bhios stuadhan ri beucaich,  
 No cuairtear a' gluasad air sàl,  
 An diugh bidh do phobull gu dileas,  
 Cuir failt' agus sìth thar a' chuan,  
 Ri cliuthachadh Banrigh na rioghachd,  
 Le dùrachd nach diobair gu buan.

## IV.

Chaidh bliadhna chan seachad 'an ordugh,  
 Bho shuair thu-sa coir air a' Chrùn,  
 'S chuir Bàs, am fear fuilteach gun trocair,  
 'N an sineadh gu bronach 's an dùn  
 Na h-aithrichean coir a bha aoibhneach,  
 Bhi sealltuinn air soillse do ghnùis,  
 Le dochas a dhearbh thu gu saoibhir,  
 Bho sheilbhich thu d' oighreachd air tùs.

## V.

'S tha sinne tha fuireach 'n an deigh-san,  
 Ri leantuinn 'an ceumaibh nan laoch,  
 Cho dileas 'an cridhe, 's cho eudmhor,  
 Gu cogadh air reidhleach no fraoch ;  
 'S mar sin ged chaidh iadsan á lathair,  
 Bidh sinne 'n an aite gu leir,  
 Gu diongalta, daighionn gu bràth dhut,  
 Gu d' dhion anns gach gàbhadh is geur.

## VI.

Cha d' righich neach idir a threoraich  
 Ar fortan cho seolta 's cho buan,  
 Toirt binn eadar math agus dò-bheart,  
 'An doigh nach dean foirneart thoirt bhuainn ;  
 Ni mò thig an righ sin a chuireas  
 Do chuimhn' as ar n-aire gu bràth,  
 No chlaonas ar n-aigne do 'n ulaidh,  
 Do 'n d-thug sinn gu buileach ar gradh.

## VII.

Gu 'n sgaoladh ar n-Impiorached fada,  
 Fo bhudadhan ro mhaiseach do laimh,  
 'S chaidh traillean a shaoradh bho ghlasan,  
 'S an robh iad ro fhada 'n an tamh ;  
 Ar longan ri seoladh nan cuaintean,  
 A null thar na stuadhan is cein,  
 Cho luath ris a' ghaoth ri cuir cuairtean,  
 Feadh iomall gach cuan tha fo 'n ghreadh.

## VIII.

Ban-didean gach Innleachd us Eolas,  
 Tha iadsan gu doigheil ri fàs,  
 Toirt taing do na Bhanrigh gun mhorchuis,  
 Tha seasamh an còir anns gach càs ;  
 Do bhrigh gur e Foghlum is aillidh,  
 'Am maise 's 'an ailleachd a sgiamh,  
 Na Cogadh, cho dearg le dath grannda,  
 'S cho deigheal a ghnath air droch ghniomh.

## IX.

Gidheadh tha ar n-Impiorachd laidir,  
 Air-son ar deadh Bhanrigh a dhion,  
 Le claidheamh tha gleusda gu tearnadh,  
 'S gu cumail-se sàbhailt bho phian ;  
 A dhearbadh na h-aimsir a dh-fhalbh bhuainn,  
 'S ar sinnsear tha marbh anns an uaigh,  
 'S a sheulachadh gloir an cuid calmachd,  
 Bu tric feadh na talmhuinn thug buaidh.

## X.

Ri ceannsachadh uaghairean fodhainn,  
 Tha 'n doimhneachd an domhain gu dall,  
 Tha sinne 'g an treorachadh roimhinn,  
 Gu deanamh ar gnothuich air ball ;  
 Air ball, ann am priobadh na sùla,  
 Gu 'n siubhal iad sunntach gun tamh,  
 Chum taisbeanadh miorbhuilean ùra,  
 Fo ughdaras innleachd ar laimh.

## XI.

Do phobull tha lionmhor 'an aireamh,  
 De iomadach cànan us siol,  
 Iad sgaoilte feadh iomadach cearnaidh,  
 'S tre iomadach àite ri triall ;  
 Tha cuid dhiubh toirt geill do Iehobhah,  
 'S cuid mhór do dhia-breige toirt geill,  
 Ach uile fo d' righ-chaithir ghlormhor,  
 Mar bhraithrean ri cordadh ri cheil'.

## XII.

A dh-aindeoin gach strith agus buaireas,  
 Tha 'g iathadh mu'n cuairt oirnn a ghnath,  
 'S buill-comuinn na Parlamaid thruagha,  
 Le 'n caomh a bhi buaireadh gach trath ;  
 Tha sinne gu leir, Uig us Tòraidh,  
 Ri guidhe dhut sòlas us sìth,  
 'S ri seilbheachadh cuibhrionn de 'n ghloir sin,  
 Tha 'n diugh ort a' doirteadh gun dìth.

## XIII.

Tha sinne, le iomadach reuson,  
 A chaoiagh as ar leirsinn nach traigh,  
 Cuir failt' ort, 's 'na d' aimsirean èigin,  
 Bha sinne lan leireadh us craidh ;  
 Do bhrigh, ged is oighreachd dhut morachd,  
 Us gloir agus cumhachd ro threun,  
 Gur boirionnach caomh agus coir thu,  
 Le fuil agus feoil mar sinn fein !

## XIV.

Na bochdan 's na truaghain ri caoineadh,  
 Airson luchd an gaoil anns an uaigh,  
 Gu'n d-fhuair iad 'na d' nadur-sa caoimhneas,  
 A dh-fhuiling 's a chlaoidheadh gu truagh ;  
 Mar mhathair 's mar bhantrach ag ionndrainn  
 An dream riut nach tionndaidh ni's mò,  
 Gur áithne dhut doruinn a' mhuinnitir,  
 Chuir Bàs le chuid shaighdean fo sgleò.

## XV.

Ban-dion airson creidimh us ceartas,  
 Tha dùrachd do reachdan ro chaomh,  
 Le saors' aig gach aon a bhi cleachdad  
   An aoradh 'na bheachd-san tha naomh ;  
 Gun chead aig luchd deanamh an fhoirneart,  
   Bhi creachadh le dò-bheart ro bhreun,  
 Ach còir tre do chriochan a' comhnuidh,  
   Bho mhoch gu dol fodha na grein.'

## XVI.

Gidheadh tha a' ghrian gheal le soillse,  
   Toirt solus do d' roinntean gun sgios,  
 Ag eiridh air aon dhiubh le boillsgeadh,  
   'S air aon dhiubh 's an oidhche dol sios ;  
   'S bidh iadsan gu leir air an là so,  
     Ri guidhe dhut failte gu ciuin,  
 Toirt urram us umhlachd us gradh dhut,  
     Air Iubili Banrigh an ruin.

## XVII.

Mar sin gu 'm bidh iomadh tein-eibhinn,  
   Le lasraichean geura dol suas,  
   'S bidh daoine ri glaodhach 's ag eubhachd  
     Do chliu ann an eisdeachd gach cluais ;  
 Bidh gunnaichean mora gun aireamh,  
   Ri lasadh 's ri tairneanaich chruaidh,  
   'S gu 'n duisg as na creagan mactalla,  
     Chum guidhe dhut slaint' agus buaidh.

## XVIII.

O, 's lionmhor na brataichean boidheach,  
 An diugh bhios ri comhdach gach crann,  
 Oir muir agus tir bidh ri comhstrith,  
 'Ach co ac' is boidhche bhios ann ;  
 'S bidh sinne ro áit air an là so,  
 A leithid nach d-thainig a riamh,  
 'S gu 'n òl sinn deoch-slainte na Banrigh,  
 Gun iomradh air cail de dhroch ghniomh.

## XIX.

Buan beo gu 'n robh gloir agus aoibhneas  
 Gach buaidh a tha daimheil us caomh,  
 Buan beo gu 'n robh iomradh air saoibhreas  
 Do bheusan 's do chaoimhneas ro naomh ;  
 Mar sin gu 'm bheil sinne ri cordadh,  
 Le cridheachan solasach, blath,  
 Cuir failt' ort, a Bhanrigh ro oirdhearc,  
 Do 'n d-thug sinn ar boidean gu brath !

## Caoidh an Doctoir Mhuillear.

Air fonn :—“*Bha mi 'n dè 'm Beinndorain.*”

Air dhomh cluinntinn aig Shanghae mu bhàs an Doctoir Mhuillear, Steornabhaigh, chuir mi 'n luinneag chianal so ri cheile air boird-luinge, ann am Muir-Buidhe China, la no dhà mas do chaill sinn na h-acraichean ann an stoirm uabhasach ris an abrar Tiphún, ann an cead mhios a' gheamhradh 1889.

'S e 'n sgeul a dh-fhag mi gruaimeach,  
 A chuala mi 'n tir m'aineolais,  
 An Leigh do'm b' airde buadhan,  
 Bhi sìnte fuar 's an talamh shios ;  
 An caraid dileas, gradhach,  
 Dhomh fhein a riamh 's do m' chairdean,  
 Nach faic mi chaoidh gu brath e,  
 Oir dhuin am Bàs bho m' shealladh e,  
  
 An ceum do 'm b' annsa giulan,  
 Fo phearsa mhuirneil, eireachdail,  
 An cridhe caoimhneil, cubhraidh,  
 'S an t-suil bu chiuite seirce leam ;  
 Cha 'n fhaca mi duinuasal  
 Bu roghainn leam na Ruaraidh,  
 An lighich fior-ghlan, suairce,  
 'S am measg an t-sluaigh bu cheanalta.

Bidh mise chaoidh 'g a aireamh,  
 Gu 'n sgar am Bàs an t-anail bhuam,  
 Ri meas gach buaidh a dh-fhas ris,  
 Os ceann gach sàr a b' áithne dhomh ;  
 Oir bha e riamh bho 'oige  
 'Na dhuine grinn gun sgoid air,  
 'S cha-n fhaic mi chaoidh a sheorsa,  
 Cho fad 's is beo air thalamh mi.

Gu 'm b' og thug mise gaol dha,  
 'S d' a aodann aoidheil, thairiseach,  
 Gun mhoit, gun shoill do dhaoine,  
 Gun chaochladh riamh air 'aigne dhomh ;  
 Mar fhuair mi e 'na m' phaisde,  
 Nuair neochiontach a bhà mi,  
 Gu'n d-fhuair mi riamh gu bàs e,  
 'Na charaid gradhach, carthannach.

Nuair dh-eireadh tinneas bhàsmhor,  
 'S a theicheadh cach le eagal orr',  
 B'e shein an Leigh ro ghràsmhor,  
 Gu dol 'na dhail gun teagamh air;  
 'S cha chumadh sneachd no sianntan,  
 No cunnart plaigh no fiabhrus,  
 No leisgeul eile riamh e,  
 Bho dhol a dhion a choimhairsnaich,

22 CAOIDH AN DOCTOIR MHUILLEAR

Ged thriall mi iomadh mile,  
Tre mhuir, tre bheann, 's tre bheallaichean  
'S ann leam a riamh bu riomhaich  
An tir a b' oige b' áithne dhomh ;  
Ach O, dol dhachaidh sàbhailt,  
Gu Tir nan gleann 's nan ard-bheann,  
'S e dh-fhag mo chridhe craiteach,  
Na cairdean caomh nach maireann iad.

Gur fada mis' bho m' dhuthaich,  
Le tursa seinn an tuireadh so,  
Na deoir ri ruith bho m' shuilean,  
'S mo chridhe trom gun subhachas ;  
Oir neonach ged tha China,  
Cha tog i sunnt air m' inntinn,  
'S mo charaid caomh 'na shineadh,  
Gun bhrigh 's a' chill cho muladach.

Bu mhor mo mhiann 's mo dhurachd,  
'S mo dhuil gu 'm faicinn fallain e,  
'S gu 'n glacainn lamh an diùlnaich,  
Le run nach caochail farasda ;  
Ach O, air dhomh bhi seoladh  
A null gu duthaich m' eolais,  
'S ann phaisg iad sios fo 'n fhòd e,  
'S a chaoidh ri m' bheo cha-n fhaic mi e.

CAOIDH AN DOCTOIR MHUILLEAR 23

Tha Leodhas bhochd fo churam,  
'S cha-n iognadh leam gur dubhach i,  
Gach allt ri ruith gu tursach,  
'S le torman ciuin ro mhuladach ;  
Na cnuic 's na coilltean arda,  
'G am folach fein fo sgaile,  
Ri gul 's ri caoidh an àrmuin,  
Nach till gu bràth bho thurus ruinn.

## Beannachd leis na Beanntan.

Air fonn :—“*Tha mi 'am ònar air tulach boidheach.*”

Tha m' inntinn liona le curam cianal,  
'S mi air mo phianadh le pian nach gann,  
Óir 's trom a thà mi 's mi caoidh gu craiteach,  
Do bhrigh bhi fagail Tir ard nam beann ;  
Gu dubhach tursach ri tionndadh culaobh  
Ri tir mo dhuthcha bu mhuirnich leam,  
Gu tirean ceine fo theas na greine,  
Ni m' fheoil a cheusadh 's mo cheuman trom.

A' chainnt bu bhinn leam le tlachd a chluinntinn,  
'S bu tric a sheinn mi gun chuimhn' air bron,  
Cha chluinn mo chluasan 's na tirean truagh,  
'S an tric is dual dhomh bhi tinn fo leon ;  
'An aite manran guth-cinn mo mhathair,  
'S e chluinn mi canran gun suim, gun bhrigh,  
Bho ghraisge neonach cho dubh ri rocais,  
'S nach ionann comhradh ri ceol mo chridh,

Bu tric a dhirich mi ard nam beanntan,  
 Tre choill nan gleanntan bu tric a thriall,  
 'S gu 'm aotrom, deonach, mo cheum air mointeach,  
 'N am' bhalach gorach's mi og gun chiall ;  
 Ach 's ann is eigin dhomh nis an treigsinn,  
 Gun fhios am feud mise chaoidh gu brath,  
 Toirt sealladh sula feadh fonn mo dhuthcha,  
 Bu mhór bu mhuirnich leam cliu na cach.

Tha 'n long ri seoladh gu grinn fo' comhdach,  
 Bho dhuthaich m' eolais ri cumail curs',  
 Tha ghaoth ri seideadh 's na tuinn ag eiridh,  
 'S tha mise deurach le meud mo thurs' ;  
 'S cha mhór an ioghnadh mi-fhein bhi cianal,  
 'An àm bhi triall dhomh air ard nan tonn,  
 Le cudthrom inntinn bho thir mo shinnsear,  
 Bu ghuirme frithean 's bu riomhaich fonn.

Mo chairdean gradhach, ceud soraidh slan leibh,  
 Ceud soraidh slan leis gach ribhinn bhinn,  
 Ri 'n taobh a b'aill leam bhi cluith 's a' manran,  
 'S a riamh a b'abhaist bhi baigheil, grinn ;  
 Gach bodach aosda, gach cailleach chaoimhneil,  
 Gach oigear aoidheil, slan leibh gu leir,  
 Oir 's eigin fagail gach gleann a b'fhearr leam,  
 Os ceann gach aite fo ard nan speur.

## 26 BEANNACHD LEIS NA BEANNTAN

Ach ged is falbh dhomh bho chriochan Albainn,  
Air-leam nach searg bhream, air muir no tir,  
An gaol gun ghò thug mi dhuthaich m'oige,  
'S cho fad's is beo mi bhios daingeann, fior ;  
'S ged dh-eireadh buaireas no bas mu 'n cuairt dhiom,  
'S ged bhiodhan cruidh-fhortan goirt'g am chlaoidh,  
Bidh mise dileas do thir mo shinnsear,  
Le gaol nach diobair mi-shein a chaoidh.

Cha-n fhios an till mi, cha-n fhios an till mi,  
Cha-n fhios an till mise chaoidh gu bràth,  
Ach ma 's e bàs dhomh, ceud soraidh slan leis  
An dream a b'fhearr leam toirt buaidh air càch ;  
Biodh sibhse treun mar bu dual d'ur treubhan,  
Toirt gradh d'a cheile le speis nach gann,  
'S gu'n tig an tim anns an eigin striochdadh,  
Biodh sibhse dileas do Thir nam Beann.

Ach 's coir dhomh tamh bho bhi seinn an dàn so,  
Gu fior 'tha fagail mo chridhe trom,  
Le run bhi 'g eiridh mar Ghaidheal eudmhor,  
Os ceann gach eigin a dh-eireas rium ;  
'S mar sin cha chaomh leam bhi caoidh no caoineadh,  
Ach seasmhach daonan le gaol nach traigh,  
'S a chaoidh gu'n till mi 's gu'm bliath a'chill mi,  
Bidh durachd m' inntinn do ghlinn mo ghraidh.

## Tir mo Dhuthcha.

(Faic taobh-duilleig 192.)

Air fonn :—“*Nighean fhir na Comraich.*”

CEUD fàilte, fàilte, thir mo ghraidih,  
 Gur fada, ghraidih, bho thriall mi  
 A null thar cuan bho d' bheanntan ard,  
 Gu dubhach, craiteach, cianal ;  
 Ach ged do thriall, a riamh cha d-thraoth  
 Mo ghean 's mo ghaol do 'n duthaich,  
 A dh-àraich mi nuair bha mi maoth,  
 'S nuair bha mi aotram, sunntach.

Os ceann gach tir an ear 's an iar,  
 A thriall mi feadh an t-saoghal,  
 Bu tusa fein amhàin mo mhiann,  
 Gun fhiaradh riamh no caochladh ;  
 Oir ged bhiodh tirean cein car ùin  
 Gle neonach leam 'n an iomhaigh,  
 Bu tusa, tusa, thir mo ruin,  
 An tir bu mhuirnich sgiamh leam.

Cha chuireadh beartas mor no maoin  
 Do raointean gorm air dichuimhn,  
 'S cha b' urrainn gloir no solas faoin  
 Cuir as do m' ghaol do d' chriochan ;  
 Oir cha-n 'eil neach no ni fo 'n ghrein,  
 Cruaidh-fhortan breun no buaireas,  
 A chlaonas m'aigne, ghraidh, bhuat fein,  
 Gu'n sinear seimh 's an uaigh mi.

Ged bhiodh an geamhradh greannach, fuar,  
 Ri cuairteachadh nan gleanntan,  
 'S ged bhiodh an sneachda, mar bu dual,  
 Air uachdar fhuar nam beanntan ;  
 Gidheadh gu 'm b'fhearr leam fhein an sgiamh,  
 'S na neoil ag iathadh dluth orr',  
 Na tirean cein 's am biodh a ghrian  
 Cho teth 's cho dian ri ghiulan.

Leig leis na h-Innseanaich bhi blath,  
 'N an tamh fo theas na greine,  
 'S le mnathan dubh bhi lom a ghnath,  
 Gun chota-bàn, gun leine !  
 'S biodh iadsan toilicht' anns an doigh  
 A dh-orduicheadh le Dia dhoibh,  
 Ach b'annsa leamsa mhuinntir choir,  
 Do 'm buineadh clò us bian geal.

A riamh cha d-thug mi suim no speis  
 Dø 'n diathan-breige neonach,  
 'S do 'n iodhal-aoraidh oillteil, bhreun,  
 Cha deanainn geill gu deonach ;  
 'S gur tric a dh-fhag e mise tinn  
 Bhi cluinntinn sgreach an canain,  
 Oir O, os ceann gach cainnt is binn,  
 Gur binn leam-fhein a' Ghaidhlig !

Thoir dhomhsa mointeach choir an fhraoich  
 S' a' ghaoth bhiodh fallain, fialaidh,  
 Ri seideadh suas tre thir nan laoch  
 Le slainte sgaoilt' fo' sgiathan ;  
 'S biodh acasan 'an tirean cein,  
 Gach euslaint bhreun a dh-innsear,  
 'An uair bhios mise falbh leam fein,  
 'S mo cheum air fonn mo shinnsear.

Nuair bhiodh na naimhdean guineach, dàn,  
 'S am Bàs gun iochd mu 'n cuairt dhiom,  
 B'e sud an uair bu mhiann le m' lamh  
 Bhi fior gu brath do d' bhruaichean ;  
 'S ged bhiodh am faoileach fiadhaich, fuer,  
 No teas 'g am' bhualadh iosal,  
 Cha b' urrainn iad gu bàs toirt buaidh  
 Air meud mo luaidh do d' chriochan.

Ge lionmhor ceol a chuala mi,  
 Bha binn gu fior us gleusda,  
 Nuair sheideadh suas ceol mor na piob,  
 Dè 'n ceol bhiodh binn 'na m' eisdeachd?  
 'An sin gu'n teicheadh cach air cul,  
 Mar ni nach b' fhiù leam cluinnntinn,  
 Oir O, b'e sud am balgan-ciuil,  
 A thogadh surd air m' inntinn.

Tha moran seorsa gearradh grinn,  
 Us dathan grinn air aodach ;  
 'S tha cuid cho seolta, sgiobalt, cruinn,  
 'S tha cuid gun loinn cho slaodach ;  
 Ach 's áithne dhomhsa trusgan gearr,  
 A ruigeas barr nan gluinean,  
 Bu tric a choisinn buaidh 'am blàr,  
 'S a b' aluinn snuadh air urlar.

Gur fior gu 'n d-fhas mo chiamhag liath,  
 'S gu 'n chaill mi sgiamh na h-oige,  
 'S mo cheann air fas cho lan de chiall  
 'S gu 'n thriall a' falt ri m' bheo dheth ;  
 Ach 's coma leam—tha 'n cridhe blath,  
 Gun shailneachadh bho thùs air,  
 'S gur cinnteach mi gu 'm bidh gu brath,  
 Gu 'n cairear sios fo 'n uir e.

O 's iomadh bliadhna thriall a null,  
 Bho dh-fhag mi fonn mo dhuthcha,  
 'S chaidh iomadh caraid caomh air chall,  
 Bho thionndaidh mi mo chul riut ;  
 Tha pairt dhiubh anns a' chuan 'n an tamh,  
 Us pairt 'an cearnan ceine,  
 'S och, och, nach faic mi chaoidh gu brath  
 Am pairt a b' fhearr leam fein dhiubh.

Cha b' ann gu dearbh 'an laithean aois  
 A chlaon iad as gun eifeachd,  
 Ach gearrta sios air cuan us raoin  
 Gu 'n chaochail iad 'n an treunachd ;  
 'S gur iomadh teaghlaich truagh fo leon,  
 A dh-fhag iad leonta, cianal,  
 Ri gul 's a' caoidh na suinn a sheol,  
 'S nach till iad beo gu siorruith.

Seadh, dh-fhalbh iad sud, 's cha d-fhag 'n an deigh  
 An leithid fhein 'n an àite,  
 'S gu tric a bhios mo chridhe reubt',  
 Le cuimhne gheur 'g an àireamh ;  
 'S air-leam gu 'm faic mi cruth nan laoch,  
 Gu caoimhneil, caomh, mar b' àbhaist  
 Ge cian a null bho Thir an Fhraoich  
 A dhaog iad fad bho 'n cairdean.

Cha-n eil, cha-n 'eil iad ann ni 's mò,  
Gidheadh gur mor mo run-sa  
Do thir mo ghraidh, 's am b' abhaist leo  
Bhi comhnuidh cridheil sunntach ;  
'S ge d-fhas mo cheum, a ghaol, cho fann  
Gu direadh beanntan arda,  
Gidheadh sud ort, a Thir nam Beann,  
'S le run nach gann—*ceud fàilte !!*

## Am Bruadar Innseanach.

(Faic taobh-duilleig 196.)

Air fonn :—“*Feasgar Luain.*”

AIR dhomh-sa tuiteam trom 'an suain,  
 Gu 'n bhruadar mi mu Thir an Fhraoich,  
 Ge fada buam air ard a' chuain,  
 'An ceannan tuath, bha tir nan laoch :  
 'S gu 'm facas leam 'na m' aisling bard,  
 Ro aosd air fas le ciamhag liath,  
 'S air-leam gu 'n thog e 'ghuth gu h-ard,  
 Ri gul gun tamh 's a' caoidh nan triath.

'Na aonar leig e 'throm air bát,  
 'S gu cianal chrom e sios e-fein,  
 Ri gabhail soraidh ris gach àit,  
 A b' aillidh leis na àit fo 'n għrein ;  
 Gu 'n chuimhñich e na laithean cian,  
 A thriall a null 's nach till a chaoidh,  
 'S gu 'n cuala mi am bard fo phian,  
 Mar so ri deanamh bron us caoidh :—

(CAOIDH A' BHAI RD)

O thir mo ghra idh, thir ard nam beann,  
 'S tu 'n tir a b' annsa leam bho thùs,  
 'S an tric a thriall mi cnoc us gleann,  
     Mas d-fhas mo cheum cho mall gun lùghs ;  
 'S e lion mo chridhe lan de bhron,  
     Bhi faicinn fearann coir mo ghaoil,  
 Air fas cho lom le feidh 's le eoin,  
 'S an sluagh 'n am fograich bhochd fo sgaoil.

Tha 'n sluagh nach striochdad hriamh do namh,  
     A nis air falbh do chearnan cein,  
 'S tha clearcan-fraoich 'an aite-tàmh  
     Nan Albannach 'bha calma, treun ;  
 Na glinn 'bu roghainn leam thar cach,  
     Gu tur dol fas fo choill gun bhrigh,  
 'S och, och, nach fhaic mi chaoi dh gu brath,  
     An dream a dh-fhag fo leon mo chri'.

Cha b' armait bhorb a nall thar sàl  
     Thug buaidh 'am blàr no sharuich sinn,  
 Oir riamh cha d-fhuair eadh siol no àl,  
     Bu chalm' air blàr bho linn gu linn ;  
 Cha b' e — ach sionnaich mhosach, bhreun,  
     A bhrath a' Ghaidhealtachd do Ghoill,  
 'S a mhill 's a mheall na Gaidheil threun  
     Le laghan eucorach luchd foill.

B 'e uachdarain gun iochd, gun truas,  
 A sgap an sluagh bho chuairt nam beann,  
 'S na slaightearan bha lan de chruas,  
 'G am fuadach as gach cluainn us gleann ;  
 Mar Iudas lubach, lan de cheilg,  
 Gu 'n ghlac iad coir air roinn 's air raoin,  
 G' an reic le foill do lamh luchd seilg,  
 Chum faighinn seilbh air moran maoin.

Mor mhallachd bhuan gu 'n robh ri tamh,  
 Bho cheann gu sail nam mearlach bhreun,  
 'G an leantuinn dluth gach taobh us lamh,  
 'S an dàin dhoibh tamh no triall fo 'n ghrein ;  
 'S mar bhuin iad fòs ri bochdan truagh,  
 'S ri dilleachdain, gun truas, gun bhaigh,  
 Mar sin gu 'n tuiteadh sios an snuadh,  
 'S an cridhe cruaidh, le brón us craidh.

Air leam gu 'n cluinn mi ghaoth gu binn,  
 Mar cheol ri seinn tre ghlinn mo chrí,  
 Gach sruth gun tamh ri caoidh na suinn,  
 A thríall air tuinn 's nach till a chaoidh ;  
 Tha 'n uiseag bheag do 'n ciuine ceol,  
 'S an smeorach bhochd gu tursach, fann,  
 Ri gul 's a' caoidh na suinn a sheol,  
 'S nach till ri 'm beo gu Tir nam Beann.

'Na m' aonar tha mi caoidh a ghnath.  
 An dream a b' abhaist comhnadh leam,  
 Ach's fada bhuam a dh-fhalbh gu brath,  
 An dream nach fhagadh m' inntinn trom ;  
 'S mar sin cha-n 'eil cionsfàth fo 'n ghrein,  
 Ni m' anam eibhinn a so suas,  
 Gu 'n tig am bàs 'am ionnsuidh fein,  
 Le 'shaighdean guineach, geur, gun truas.

O, failte, Bhàis ; O, failte, Bhàis.  
 Gur fearr am bàs leam na bhi beo,  
 Oir ni e saor mi bho gach càs,  
 Tha fagail m' anam trom fo sgleo ;  
 Oir cha-n 'eil agam gion no gaol,  
 Do ni 's an t-saoghal mhealltach, bhreun,  
 Bho dh-fhalbh a null thar cuan us caol,  
 An dream bu chaoин 's bu ҷhaomh leam fein

Cha-n iognadh ged tha m' inntinn trom,  
 'S nach tog mi fonn air oran binn,  
 'S mi nis air fas cho lag 's cho lom,  
 'S gur coma leam-sa ceol a sheinn ;  
 Oir dh-fhalbh mo roghainn as an tir,  
 'S 'n an àit tha ciobairean us Goill,  
 'S cha b' aill leam fein a riamh, gu fior,  
 Bhi striochdadadh sios do shiol na foill.

Gur cianal tha mi ghnath leam fein,  
 Mar chailleach-oidhch' air call a h-àl,  
 Mar Oisein bochd an deigh na Feinn,  
 Tha mise caoidh na dh-fhalbh air sàl ;  
 Oir dh-fhagadh mi 'na m' aonar truagh,  
 Mar long air cuan gun chrann, gun seol,  
 Le cridhe brist' air call mo shnuadh,  
 Nach eirich suas le duan no ceol.

Cha chluinn mi tuilleadh cainnt nam beann,  
 A' chainnt a b 'annsaidh leam fo neamh,  
 'S cha-n fhaic mi chaoidh air raoin no gleann,  
 Na h-oighean grinn ri seinn gu seimh ;  
 'S ma chluinn mi piob, le torman ard,  
 Bho bhalgairean aig sail luchd-dreuchd,  
 'S ann thuiteas inntinn throm a' bhaird,  
 'S a chridhe sgàint le craidh us creuchd.

Ach beannachd leis gach cnoc us sliabh,  
 'S gach sruth tha triall tre ghlinn mo ghaoil,  
 Tha m 'anail fàs gu fann 'na m' chliabh,  
 Mo shuilean blian 's mo cheann cho maol ;  
 Tha m' anam tursach, trom, fo chàs,  
 Gu fann air fàs le bron us caoidh,  
 'S mar sin aig uair us àm mo bhais,  
 O thir mo ghraidh, slan leat a chaoidh !

\* \* \*

'An sin gu 'n thuit am bard le sgios,  
 'S air-leam air ball gu 'n chaill e 'n deo,  
 'S nuair bhasaich esan dh-fhailnich sios  
     An Gaidheal deireannach bha beo;  
 Gu 'n chrom an giubhas sios a cheann,  
 'S mu thimchioll chruinnich ainglean neamh,  
 'S gu 'n thiodhlaic iad e 'n Tir nam Beann,  
     Chum codal trom gu súthainn, seimh.

Gu 'n chlisg mo chridhe—'s dhuisg mi suas,  
 Bho 'n aisling suain a bhruadar mi,  
 'S air ainm mo Dhe 'tha lan de thruas,  
     Gu 'n d-thug mi luaidh le run mo chri';  
 Toirt taing do Righ na cruinne-cè,  
     Gu bheil na Gaidheil fathast beo,  
 'S 'an dochas feadh gach linn us rè,  
     Gu 'n teid E-fein mar thearmunn leo !!

## Smaointean Diomhair.

Air fonn :—“*An soisgeul gradhach thug Dia nan gràs dhuinn.*”

NUAIR thachras dhomh-sa leam fhein bhi smaointinn  
 Air sgleo an t-saoghail, 's air cor an t-sluaigh,  
 Gur tric thig cianalas mor air m' inntinn,  
 A dh-fhasgas tinn mi le caoidh ro thruagh ;  
 Cho gearr ar laithean 's cho lan de dhoruinn,  
 Mar sgail nan neoil a theid seachad, sios,  
 Oir dh-aindeoin innleachd us iocshlaint mhorain,  
 Mar bhlath an fheoir theid gach feoil fo chls.

Gur tric mi sealltuinn air gloir nan speuran,  
 Cho lan de reultan ri boillsgeadh ciuin,  
 'S mi faicinn foillseachadh fior nam meuran,  
 A sgaoil na neamhan a reir an ruin ;  
 'S le cridhe bruite gu 'n tuit mo shuilean,  
 Ri deanamh urnuigh ri Righ nan righ,  
 A tha 'g an stiuradh gu leir 's 'g an giulan,  
 'S a ghairm air tùs iad a brugh gun bhrigh.

Tha clann nan daoine cuir suim an sòlais,  
 Air gloir us stòras ' theid bun os ceann,  
 'S mar sin cha'n fhiach leo bhi gabhail eolas  
 Air ni ach goraich us pròis nach gann ;  
 Ri deanamh gleadhraich le òr us seudan,  
 Cho faoin 's cho feineil bho linn gu linn,  
 An uair bu choir dhaibh le ceol us teudan,  
 Bhi moladh Dhe tha cho glormhor, grinn.

Cha'n shaodar rannsachadh leud nan neamhan,  
 No gloir nan speuran a mheas le sreang,  
 Ni mò a fhuaireadh am measg nan treubhan  
 An gaisgeach treun sin gun bheud, gun mheang,  
 Do 'n comas fiosrachadh miorbhui Naduir,  
 No chunntas aireamh gun chrich a suim,  
 Us cait' an d' fhuaireadh an uaghair laidir,  
 A thuigeas ardachd us doimhneachd Tim.

O THIM gun aois, agus RUM gun chriochan !  
 Air leam gur diomhair tha sgail bhur gnuis,  
 Ged rachadh saoghail gu tur air dhichuimhn,  
 Bidh sibh-se siorruith gun chrioch, gun tùs ;  
 Gun sgios ri cuairteachadh raidh us bliadhna,  
 'S gach reul tha dian-ruith tre ard nan speur,  
 Oir dh-aindeoin ùin agus crioch a 's ciana,  
 Tha sibh-se cian os an ceann gu leir.

Theid sinne chaochladh mar aiteal greine,  
'S cha-n fhaicear ceum dhinn air raoin no gleann,  
Araon am fiambach 's an triath is treuna,  
Theid as le cheile, 's cha bhi iad ann ;  
Oir luath no mall thig am bas g' an leonadh,  
Theid as do 'n lochlain, 's an cuimhn air chul,  
Ach mairidh TIM agus RUM an comhnuidh,  
Mar bhreacan-comhdach do Righ nan dul.

O Dhe nan gras, nach ro ghloirmhor d' shalluinn,  
'S am bheil Thu ghnath air do chomhdach dluth,  
Ri folach bhuain-ne do ghnuis cho aluinn  
'S nach tuig ar nadur cho ard 's tha Thu ;  
Thoir dhuin-ne, Dhe, bhi gu tric 'na d' iarraigdh,  
Le inntinn rianal 's le cridhe ciuin,  
A chum gu 'n seinn sinn do chliu gu siorriuth,  
'S gu 'm faic sinn miurbhuilean mor do ruin

## Clann-rioghal mo ruin.

(Clann-Ghriogair).

Air fonn :—“*Buaidh leis na seoid.*”

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuirniche loinn,  
 'S ann dhuibh-se bu chaomh leam gu caoin a bhi seinn,  
 An dream anns gach cruadal bha buadhach a riamh,  
 'S 'an guailean a cheile nach geilleadh le fiamh,*

*Clann rioghal mo ruin.*

Mo run air Clann-Alpain bha gaisgeil bho thus,  
 'S a riamh a bha dileas gu fior anns gach cuis,  
 Gu brath gu 'n robh buaidh le fuil uasal nan laoch,  
 Bu dual a bhi tamh 'an tir aluinn an fhraoich,

*Clann rioghal mi ruin,*

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuirniche loinn, etc.*

Gur aosda bhur sinnsear, gur rioghal bhur dream,  
 Fuil righrean nan Gaidheal bha treun anns gach àm,  
 A chlaoideadh le ceilg agus mealltaireachd bhreun,  
 'S a dhearbh iad gu dearbh a bhi calm' agus treun,

*Clann rioghal mo ruin.*

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuirniche loinn, etc.*

Ged dh-fhiach iad gu cealgach bhur n-ainm chuir air  
chul,

Cha searg e gu brath gus am basaich gach dùil,  
Oir fhad 's a bhios craobh air a faotainn 's a choill,  
Bhur treubh-se bidh daonan gun chaochladh, gun  
fhoill,

Clann rioghal mo ruin.

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuiirniche loinn, etc.*

Le caoimhnealachd naduir, 's le cairdeas nach geill,  
Biodh sibh-se, mo chairdean, gu gradhach ri cheil',  
Ri cordadh mar theaghlaich deadh bheusach le gaol,  
Nach fhaodar le namhaid gu brath dol fo sgaoil,

Clann rioghal mo ruin.

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuiirniche loinn, etc.*

Na gaisgich gun shoill do 'n robh coilltean nam  
beann,  
Mar shuaicheantas buan anns gach cruidal bu teann,  
Mar ghiubhas bhur sinnsear gu direach ri fàs,  
Biodh sibh-se gu dileas gun mhi-chliu gu bàs,

Clann rioghal mo ruin.

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuiirniche loinn, etc.*

Cha b' e 'm balgan-buachair bho'n bhuaineadh na suinn,  
 Ach fior shuil nan Gaidheal bha treun feadh gach linn,  
 Oir riamh bho bha cnuic agus uillt idir ann,  
 Bha ceuman bhur sinnsear-se 'g imeachd nan gleann,  
 Clann rioghal mo ruin.

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuirniche loinn, etc.*

Gu buan gu 'n robh 'm buabhal 'na bhuachaile dhuibh,  
 'S damh croiceach nam beann gu'n robh teann air bhur taobh,  
 Bhur gairdeanan fein gu 'n robh treun anns gach ni,  
 'S gu brath gu 'n robh buaidh leibh 'am buaireadh no sith,

Clann rioghal mo ruin.

Seisd :—

*Clann rioghal mo ruin do 'm bu mhuirniche loinn,  
 'S ann dhuibh-se bu chaomh leam gu caoin a bhi seinn,  
 An dream anns gach cruadal bha buadhach a riamh,  
 'S 'an guailean a cheile nach geilleadh le fiamh,*

*Clann rioghal mo ruin.*

## Am Bodach Bochd.

Air fonn :—“ *Seinn eibhinn, seinn eibhinn.*”

'S tric mi smaointeán 'am aonar  
     Air gach aonach us gleann,  
 Anns am b'abhaist dhomh sineadh  
     Sios fo dhidean nam beann ;  
 Ann an laithean faoin m'oige,  
     'S mi bu ghoraich bhiodh ann,  
 Ge do dh-fhas mi nis aosda,  
     'S mi air caochladh nach gann,  
     'Na m' bhodach bochd.

Thogainn fonn feadh na frithéan,  
     A bhiodh finealta, binn,  
     'S ghabhainn oran beag, gorach,  
         A bhiodh ceolmhór ri sheinn ;  
 Dheanainn ceilear us comhail  
     Ris na h-oighean bu ghrinn,  
 Mas do dh-fhag mi tir m' eolais  
     Gu bhi seoladh nan tuinn,  
     'Na m' bhodach bochd.

Thogainn siuil ris a' bhata,  
 Nuair a b'abhaist dhomh strith  
 Ris na companaich ghradhach,  
 Leis 'm bu naire bhi sgith ;  
 'S chuirinn cop ris an t-sroin aic,'  
 Dh-fhagadh broinean gun bhrigh,  
 Ged a nochd tha mi bronach,  
 Leis cho leonta 's tha mi,  
 'Na m' bhodach bochd.

Caite nis bheil na fiurain  
 A bha dumhail, deas, cruaidh,  
 Chuireadh ruaig agus sgiursadh  
 Air gach duthaich le buaidh ?  
 Na fir ghreimeanta, laidir,  
 Do 'm bu mhalda leam gruaidh,  
 'S a rinn m' inntinn ro chraiteach,  
 Le bhi 'n trath so 'g an luaidh,  
 'Na m' bhodach bochd.

Tha cuid mhór de na seoid ud  
 Anns gach cearnaidh fo'n ghrein,  
 Tha cuid eile fo 'n fhoid dhiubh,  
 'S cuid rinn bronach mi fein,  
 Iad bhi 'n dumhlachd na doimhne,  
 Measg nan tonn 'an tir chein,  
 'S och, gur tursach mo chuimhne,  
 'S mi ri caoidh nam fir threun,  
 'Na m' bhodach bochd.

Faire, faire, mo mhaighdean,  
 A bha caoimhneil, gun ghruaim,  
 Thogadh solas us aoibhneas  
     Suas air m' intinn le d' stuaim ;  
 'S beag a shaol mi, mo mhuirninn,  
     Anns an uin a chaidh bhuam,  
 Bhi 'na m' thruaghan crom, crubach,  
     Nach dean sugradh no fuaim,  
     'Na m' bhodach bochd.  
  
 'S tric a sheinn mi binn oran,  
     Do 'm bu cheolmhora fonn,  
 Do mo ribhinn, thar moran  
     Do 'm bu bhoidhche leam conn ;  
 'S ged do sheol mi cian aite,  
     Air feadh bharcaich nan tonn,  
 Cait' an d-fhuar mi riamh, caite,  
     Oigh cho aluinn, trom donn ?  
     'Na m' bhodach bochd.  
  
 Ged tha ghrian air mo rosdadh,  
     Agus m'fheol air fas fann,  
 Togam orm gu tir m'eolais,  
     'S togam seol ris gach crann ;  
 Gu bhi fagail nan Innsibh,  
     Suas gu tir nan ard bheànn,  
 Tir mo roghainn 's mo shinnsear,  
     Gu tir riomhach nan gleann,  
     'Na m' bhodach bochd.

Tha mo chiamhag air liathadh,  
 Tha mo cheann air fas maol,  
 Tha gach bliadhna 'g am bhliathadh,  
 'S tha mo sgiamh air fas caol ;  
 Ach gu 'm basaich gach iarraidh,  
 'S theid gach miann bhuam fo sgaol,  
 Chaoidh cha chaochail gu siorruith  
 Mo mhór mhiann dhut 's mo ghaol,  
 'Na m' bhodach bochd.

Dhe, a chruthaich an saoghal,  
 Nach ro fhaoin e mar cheo ?  
 'S nach e daoine tha baoghalt,  
 Bhi toirt gaol do na sgleo ?  
 A theid seachad mar sgaile,  
 'S mar tha 'n dain do gach beo  
 Searg 's an uir no 's an doimhne,  
 'S cha bhi cuimhne ni's mo  
 Air BODACH BOCHD !

## Port-ceum nan Leodhasach.

(The Lewismen's March).

Air fonn ur leis an ughdar fein.

Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann,*  
*Gu 'n tog sinn na siuil ri cheile,*  
*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann.*

Bha 'n long mhór a' dol fo h-aodach,  
'S a cuid ghillean ghasda, ghaolach,  
Feithibh falbh feadh fiath us faoileach,  
Null gu fraoch na Gaidhealtachd.

Seisd :—*Gn 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Nuair a chuir sinn ceart fo sheol i,  
Thoisich i gu brais ri snotach,  
'G iarraigdh gu na gaoith gu deonach,  
Mar bu nòs gun bhreugan dith,

Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Ach nuair thionndaidh sinn a' chuidhle,  
Thuit an long 'an taobh na gaoithe,  
'S thoisich i ri danns an ruidhle,  
Dh-fhag cho aoibhneach eibhinn sinn,

Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Bhruchd gach seol a mach gu boidheach,  
 'S luidh i null gu grinn fo' comhdach,  
 'S thoisich tuinn ri danns fo 'n t-sroin aic',  
 Co-streap co bu treubhanta,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

'S buan an cuan gu tir ar n-eolais,  
 'S fada bhuainn air falbh tha Leodhas,  
 Tir nan gruagach mhìn gun mhorchuis,  
 Riamh bu bhoidhche beusan leinn,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Seasaidh sinn d'ar duthaich dileas,  
 Anns gach cruadal cruaidh 's am bi sinn,  
 'S air gach tir a chaoidh a chi sinn,  
 'S ise tir a 's speiseil leinn,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Ged bhiodh oidhche dorch us dumhlaidh,  
 Dh-fhag sinn tirean cein air culaobh,  
 'S ged bhiodh marcach-síne smuideadh,  
 Stiuraidh sinn gu h-eudmhor i,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Fagaidh sinn 'an lorg a saile  
 Cop ri leum air bharr an t-saile,  
 'S ged bhiodh tuinn a' chuain ri bàrcaich,  
     Fagaidh sinn ri beucaich iad,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann, etc.*

Stiuraidh sinn gu gleusd a cursa,  
 Null air cuan gun ghruaim gun tursa,  
 Chaoidh gu 'm faic sinn fonn ar duthcha,  
     Tir ar ruin, 's cha treig sinn i,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann. etc.*

Theid sinn timchioll gob na Cabaig,  
 Togaidh sinn tigh-soluis Airnish,  
 'S chi sinn Steornabhagh mhor aluinn,  
     'S cairdean caomh bu daimheil duinn,  
 Seisd :—*Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann,*  
     *Gu 'n tog sinn na siuil ri cheile,*  
     *Gu 'n thog sinn na siuil ri ard nan crann.*

## Mo Ghruagach Dhonn.

Air fonn ur leis an ughdar fein.

Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leanann dhonn,*  
*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn,*  
*Hóraro, mo chul,*  
*Hóraro, mo chul,*  
*Mo chul, a chaoidh ri mo ghruagach dhonn.*

Air dhomh-sa bhi seoladh muir mhor nan tonn,  
 Gu 'n cuala mi sgeul nach robh eibhinn leam,  
 Gu 'n robh bean mo ghraidh,  
 Ceangailte gu brath,  
 Ri amadan a dh-thagas i craiteach crom.  
 Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn, etc.*

Ma phòs a' bhean chubhraidh bu shuairce leam  
 An t-umaidh 's an duthaich bu shuarache,  
 Airson moran maoín,  
 Fearann agus raoín,  
 Cha-n fhada gu 'm bidh gaol-se ri fuarachadh,  
 Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn, etc.*

B' e 'm beud i bhi 'n tòir air an òr cho dluth,  
 Gun iomradh gu dearbh air deadh ainm no cliu,

Ach gheibh i luath no mall

Sealladh air a call,

Nuair ghabh i roghainn Gall 's nach robh ann ach cù!  
 Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn, etc.*

Ma bhrist i na boidean a rinn i rium,  
 'S ma reic i na pògan bu mhillse leam,

'S ma chuir i rium a cul,

'Na deigh cha bhi mo shuil,

Ach 's coma leam co-dhiu i bhi tursach, trom,  
 Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn, etc.*

Oir O, ma tha 'nadur cho traileil, faoin,  
 'An aite bhi fireannach finealt, caoin,

Gur beag is fhiach i fein,

Do dhuine tha fo 'n ghrein,

'S gur mise fear 'na deigh nach sil deur no braon.  
 Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn, etc.*

Ma 's dual dhut bhi luaineach, gun luaidh air cliu,  
 Mo thruaighe-sa 'n truaghan do 'n uallach thu,

Oir bidh do chridhe faoin

Ri ruith bho h-aon gu h-aon,

'S ri tuiteam ann an gaol air gach slaod nach fiu,  
 Seisd :—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn, etc.*

Ach sguiridh mi de sheinn do mo mhaighdean dhonn,  
A dh-fhag mi nuair bhà mi air ard nan tonn,  
'S cha chluinnear mise chaoidh,  
Le gearan goirt ri caoidh,  
'S cha bhi mi air mo chlaoideh airson glaighc gun chonn.  
Seisde:—*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn.*

*Mo chul, chul, ri m' leannan dhonn,*  
*Hòbraro mo chul,*  
*Hìraro mo chul,*  
*Mo chul, a chaoidh ri mo ghruagach dhonn.*

## An Uiseag.

(Faic taobh-duilleig 201.)

Air fonn :—“*Feasgar Luain.*”

Mo chruinneag bheag do 'n ciuine ceol,  
 Air maduinn og gu seimh ri seinn,  
 Bu tric, 's tu shuas am measg nan neoil,  
 A chuala mi do chomhradh binn ;  
 Ach 's iomadh bliadhna thriall a chaoidh,  
 Bho chunnaic mis' thu snamh nan speur,  
 'S tu 'g itealaich air bharr na gaoith,  
 Os ceann nan glinn 's an guirme feur.

Gur moch a shiubhlainn feadh an raoin,  
 'S ochòin gur aotrom bhiodh mo cheum,  
 Ri sireadh suas do nead beag, caoin,  
 'S mi gorach, faoin, gu ruith 's gu leum ;  
 'S ged thriall an àm sin fada bhuainn,  
 'S ged shiubhal mise cuan us sàl,  
 Gidheadh gur caomh leam fein gu buan,  
 An uiseag bhuadhach bhinn 's a h-àl,

Chuir Freasdal mi do thirean cein,  
 Fo theas na greine leaghadh sios,  
 'S cha-n ioghnadh leam gu bheil mi fein  
 Air uairean èigin trom fo sgios ;  
 Cha-n fhaic mi tuilleadh, mar bu nòs,  
 An uiseag choir leam fhein bu chaomh,  
 Ach eoin cho uailleil, lan de phrois,  
 Le sgreach gun cheol bho chraobh gu craobh.

Tha uiseagan 'an so gu leor,  
 Ach cha-n 'eil uiseag cheolmhor ann,  
 Ach creatairean gun mheas, gun treoir,  
 Gun fiu ri smid de cheol 'n an ceann ;  
 'S cha-n eirich iad a chaoidh air sgèith,  
 Mar b' abhaist dhut-sa, chaomhag dhonn,  
 Bhi seoladh suas gu h-ordal reith,  
 Le d' oran seimh' bu mhillse fonn.

Ma chi mi eoin do 'm boidhche snuadh,  
 Us oisichean do 'n uailleil ceum,  
 Gu 'm b' fhearr leam thu na ghraisge thruagh,  
 Le 'n greadhnachas gun bhuidh, gun fheum ;  
 'S ma chi mi peucagan gun cheol,  
 A' falbh le prois a null 's a nall,  
 Cha luaithe chluinn mi cainnt am beoil,  
 Na thuiteas sios an gloir air ball.

'S ann bhuineas tu do neamh nan speur,  
 'S cha-n ann do 'n talamh pheacach, bhochd,  
 Oir ged a tha do nead 's an sfeur,  
 Gu bheil thu fein gun bheud, gun lochd,  
 Mar spiorad naomh ag eiridh suas,  
 Gu bandaith, buadhach, measg nan neoil,  
 Mar aingeal ri toirt soisgeul truais  
 Do chearnan truagh' bha dhìth an sgeoil.

Mo ribhinn ghrinn, bi seinn do cheol,  
 'Am measg nan neoil, mar bha thu riamh,  
 'An uair bhios eoin gun cheol 'n am beoil,  
 Lan moit us prois airson an sgiamh ;  
 Bu bhriagha leam do chòta glas,  
 'S do ghuth a 's blasda leam fo neamh,  
 No glaighcean fhaoin le 'n sgreach gun bhlas,  
 A dh-aindeoin morthuis dreach an sgeimh.

Cluinn, cluinn, an teachdair caoimhneil, caomh,  
 'G am dhusgadh as mo smaointean trom,  
 Ach O, cha-n e, ach fead neo-naomh  
 Nam *biugalan* 's neo-chubhraidih leam ;  
 Cha d-threig mo chaileag bhinn an Tuath,  
 'S an bheil i buan bho linn gu linn,  
 Oir chaoidh gu brath cha toir i fuath  
 Do 'n tir bu dual bhi uasal, grinn.

Mo mhile beannachd bhuan, gu brath,  
Gu 'n robh ri tamh ort fein a chaoidh,  
Oir 's tu bu roghainn leam thar cach,  
Ag eiridh ard air bharr na gaoith ;  
'S gur fada leam gach oidhch' us la,  
Gu 'm bidh mi fagal cearnan cein,  
Gu Tir nam Beann, le cridhe blath  
Do 'n uiseag chaoinean 'bu chaomh leam fein.

## Mo Nighean Mheallshuileach.

An t-amhran a rinn Calum Seoltair do Sheonaid Laghach,  
'an uair a bha e air a sgriob mhor, mhor, eadar Steorna-  
bhagh agus *Timbuctoo!*

Air fonn :—“*Hurò, mo chuid chuideachd thu.*”

Seisid :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach,*  
*Bha riamh cho caoimhneil, carthannach,*  
*'S e dh-fhag mi nochd neo-fhallain thu*  
*Bhi fada, fada bhuam-sa.*

Ged sheolainn do na h-Innseachan,  
Us tuinn a' chuain ged dhirinn-sa,  
Gu 'n tillinn gu mo ribhinn leis  
Gach sìoda 's gach nì luachmhor.

Seisid :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Gur tric tha mise smaoineachadh,  
Ri cuimhneachadh do chaomhalachd,  
'S an oidhche rinn sinn aontachadh,  
Le gaol nach fhaodar fhuasgladh,  
Seisid :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

60 MO NIGHEAN MHEALLSHUILEACH

Mar Venus measg nan reultan thu,  
Mar ghrian ri snamh nan speuran thu,  
Mar ghealach chiuin ag eiridh thu,

Gu beusach, banal, suairce,  
Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Na faicinn measg nan nioghnag thu,  
Gu ruithinn suas 's gu 'm bruidhninn riut,  
Oir 's binne leam 's gur millse leam

Na mhil do bhilean stuaime,  
Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Gur fada leam bho dhealaich sinn,  
Ach d' iomhaigh chaomh 'na m' shealladh-sa,  
Bidh chaoi dh gu 'm fag an t-anail mi,

'S gu 'm paisg iad sios 's an uaigh mi.  
Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Nuair theid mi null a Steornabhagh,  
Do 'n tir a dhàraich gorach mi,  
Gu 'n dean mi mach a feorachadh,  
'S gu 'm faigh mi coir gu buan orr'.

Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Do leithid riamh cha d-àraicheadh,  
 'S cha-n fhacas falbh air sraidean iad,  
 'S do chomadh caomh cho nadurach  
     Ri long a' snamh nan cuaintean,  
 Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

'An Glaschu ged tha oisichean,  
 Ri suirridh orr' cha thoisichinn,  
 Oir b' fhearr leam fein bhi comhla riut  
     Na 'n ònaid ac' is uailleil.  
 Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Oir cha-n 'eil annt ach peucagan,  
 Cho faoin le moit us feinealachd,  
 'S gu 'm b' annsa nighean Ghaidhealach  
     Na ceudan de na truaghain.  
 Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Bidh 'm plabartaich 's an gaireachdaich,  
 'S am Beurla chruaidh, ro ghrannda leam  
 Oir O, gur binne Ghaidhlig leam,  
     A' chànan chaomh bu dual domh.  
 Seisd :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

62 MO NIGHEAN MHEALLSHUILEACH

'S e cainnt leam fein a 's priseil i,  
Oir O, 's e cainnt mo shinnsear i,  
An comhradh blasd nach dichuimhnich  
Mi chaoidh cho fad 's is buan mi.

Seisid :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach, etc.*

Tha 'n long ri siubhal solasach,  
'S na tuinn ri danns fo 'n t-sroin aice,  
'S tha mise fein gu dochasach

Bhi 'n comhail gasd mo ghruagaich,

Seisid :—*Hurò, mo nighean mheallshuileach,*

*A riamh bha caoimhneil, carthannach,*

*'S e dh-fhag mi nochd neo-fhallain thu*

*Bhi fada, fada bhuam-sa.*

Cha teid deur de 'n dram ud.

Air fonn :—“*Sann an Ile bhoideach  
A rugudh mi 's a thogadh mi.*”

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud  
A chaoiadh 'na mo shlugan-sa,  
Cha teid deur de 'n dram ud  
'Na mo mhaodal-sa gu brath.*

'S tric a dh-fhag i mise neonach,  
Gorach mar na h-iseanan,  
'S mi cho miannach a bhi boilich,  
'S a bhi cluinntinn boilich chaich,

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Nuair a chaidh mi null do 'n Tiumpan,  
Shealltainn air Alasaid,  
'S ann le sgraing a throid i rium-sa ;—  
“ Teich a null 's na tig 'na m' dhail !

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

"Cha-n'eil d-anail idir cubhraidh,  
 Oir 's e diu nan gillean thu,  
 'S riut gu 'n tionndaidh mi mo chulaobh,  
 'S bidh fear-ùr agam 'na d' ait."

Seisid :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

'S nuair bu deonach leam a pògadh,  
 Ann an doigh ro mhiodalach,  
 'S ann a thuit mi air mo spogan,  
 Ann an cornaidh a' lios-chàil,

Seisid :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

'An sin suas gu 'n leum a h-ardan,  
 'S lion an tamaitl buileach i,  
 'S dh-fhag i mise truagh ri snaigeadh  
 Air mo mhagan air an lar.

Seisid :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Alasaid bu bhriagha gruaidhean  
 Thar gach snuadh a chunnaic mi,  
 Dh-fhag i mise bochd 'na m' thruaghan,  
 'S phos i fleasgach uasal ard.

Seisid :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

CHA TEID DEUR DE 'N DRAM UD 65

Cuiridh deoch an ceann tre-cheile,  
Air bheag feum no mothachadh,  
'S anns a mhoch an àm dhuinn eiridh,  
Och mo leireadh, meud ar craidh.

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Cha-n eil innt ach olc us puinsean,  
Dh-fhasgas tinn us dubhach sinn,  
'S a rinn milleadh mor air miltean,  
Feadh gach uile linn us àl.

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Lionaidh i le fuaim ar cluasan,  
Tuainealaich 's a bragadaich,  
Seadh 's am fear do 'n airde buadhan,  
Fagaidh i cho truagh ri traill,

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

'S iomadh seoltair grinn us iasgair  
Dh-fhag i riamh ri fannachadh,  
Gus na dh-fhas iad glic us ciallach,  
Chum bhi 'g iarraidh chuid is fearr,

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

66 CHA TEID DEUR DE 'N DRAM UD

Fagaidh i fear og a 's treuna,  
Air bheag feum no faireachadh,  
Gus am faic thu sgoid a leine,  
Mach 'n a breidean air a mhàs!

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Bidh e trod ri bhean gu daonan,  
Ceart mar shlaodar ladarna,  
Nuair bu choir dha bhi gu gaolach  
Mach ri saothair air a sgàth,

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Sguiridh sinn mar sin d' ar goraich,  
'S cha chuir stop air mhisge sinn,  
'S bheir sinn mionnan mhor us boidean,  
Chaoindh nach ol sinn deur gu brath,

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

Chaoindh cha ghabh sinn tuilleadh daorach,  
Saor no daor a bhitheas i,  
'S gheibh sinn coir air crodh us caoraich,  
'S bidh sinn saor bho 'n dram gu brath,

Seisd :—*Cha teid deur de 'n dram ud, etc.*

CHA TEID DEUR DE 'N DRAM UD 67

Duinidh sinn gach aon tigh-osda,  
'S doirtidh sinn na buidealain,  
'S eadar Steornabhagh 's an t-Oban  
Cha bhi h-aon de 'n t-seorsa slan,

Seisd :—*Cha teid deur de'n dram ud*  
*A chaoidh 'na mo shlugan-sa,*  
*Cha teid deur de 'n dram ud*  
*'Na mo mhaodal-sa gu brath !*

## Fonn-fogradh nan Gaidheal.

Air fonn :—“*Ohuro, tha mi fo thursa.*”

'S mise nochd tha briste, bruite,  
Ri cuir cul a chaoidh ri m' dhuthaich,  
Anns am b' abhaist dhuinn bhi sugradh,  
Sunntach, fallain, dluth ri cheile.

Chaoidh cha teid mi 'n àm an fheasgair,  
Chumail comhail ris na fleasgaich,  
'S ris na h-oighean bhoideach, chneasda,  
B'airde measg 'am measg nan ceudan.

Cait' an teid mi? Caite, caite?  
Nuair a thuiteas sios na sgailean,  
'S fada bhuam a bhios gach aite,  
Far am b' abhaist dhomh bhi ceilidh.

Ubh, ubh, 's truagh a tha mi,  
'S fliuch mo shuil le cridhe craiteach,  
Gabhail beannachd ris na cairdean,  
Null thar cuan gu brath 'g an treigsinn.

Dhe nan gras, gur beag a shaol mi  
Mi bhi fuadaicht' feadh an t-saoghal,  
Gun duil tilleadh ris an aonach,  
Do 'n d-thug mise gaol nach treig mi.

Chaill mi comunn, chaill mi cairdean,  
Chaill mi-fhein gach nì a b' aill leam,  
Ach cha chaill mi cainnt mo mhathar,  
Chaoiðh gu 'm bual am Bas gu geur mi.

'S moch a shiubhlainn feadh nam frithean,  
Slios nam beann gur ard a dhirinn,  
Tionndadh dhachaidh gu mo ribhinn,  
Nuair a dhiobradh teas na greine.

Mile marbhaisg air na brùidean,  
Leis 'm bu mhiann a riamh ar ciurradh,  
Ri cuir fuadach as an duthaich,  
Air na diulnaich ghrinn bu treuna.

Tir mo roghainn tir mo shinnsear,  
Thar gach tir a chaoidh a chi mi,  
'S e bhi triall gu brath bho 'n rioghachd,  
Dh-fhag mi tinn le 'm inntinn reubta.

70 FONN-FOGRADH NAN GAIDHEAL

Beannachd leis gach cnoc is airde,  
Beannachd leis gach gleann us airidh,  
'S e bhi chaoih ri dol g' ur fagail,  
Rinn mo chridhe sgaint' a leireadh.

## An Leisgean Lom.

An t-amhran a rinn Fionnghal Bhan do Dhonnachadh  
Crabach, 'an uair a chaidh e g' a h-iarraidh airson a  
posadh !

Air fonn :—“*Mo nighean dhubb na treig mi.*”

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom,*  
*Cha ghabhainn fhein fear slaodach,*  
*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom,*  
*Gun chrodh, gun fhonn, gun aodach.*

Gur mi nach luidheadh maille ris  
 An fhear bhiodh flagach, diomhain,  
 Oir bhreabainn as mo leabaidh e,  
 Mas caidlinn-sa ri chliathaich.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Cha bhiodh do bhriogais ceangailte  
 Mu d' mheadhon mar bu choir dhith,  
 Ach tuiteam sios ma d' mhanchanan,  
 'S na dearganan 'ga d' sgrobadh.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Cha chuirinn suas le amadan,  
 No leannan bhiodh 'na umaidh,  
 Oir b' fhearr leam bhi air allaban,  
 Na cadal idir dluth ris.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Nuair chiteadh cach ag aiteachadh  
 Gu duineal, lamhach, gniomhach,  
 'S ann gheibht' ag gearan bronach thu,  
 'S do thoin 'an taobh na griosaich.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Cha chaomh leam dreach do lurganan,  
 Cho dearg le breacan grannda,  
 Oir gheibht' an taobh na cagailt thu,  
 Ri garradh do chuid chnamhan.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Gu 'm biodh do chota slaodadh riut,  
 'S do chlaigionn maol gun chomhdach,  
 'S gu 'm biodh do chasan caola, bochd,  
 Ri slaopadh le cion bhrogan.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Cha-n fhiach gu fior mar iasgair thu,  
 Gu biathadh dubhain lùbta,  
 'S air-lear gu dearbh nach seoltair thu,  
 Airson long mhor a stiuradh.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Cha treabhaich finealt fearainn thu,  
 'S cha-n fhear am measg luchd-ceaird thu,  
 Ach burraidh dùr gun bhreithneachadh,  
 'S gun cheanaltais 'na d' nadur.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

'S a' mhaduinn nuair a dhuisgeadh sinn,  
 B' e fear mo ruin-s' an ceile,  
 A dheireadh suas gu durachdach,  
 Gu cosnadh cliu us speis duinn.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

S' ann tha mo shuil-s' a fuireach ris  
 A' ghille dhuhb bha suairce,  
 Oir thug mi gaol gu buileach dha,  
 'S cha-n urrainn mi toirt fuath dha.

Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

Oir b' fhearr leam duine misneachal,  
 Ri luidhe sios 's ag eiridh,  
 Na slaodair odhar, airsneulach,  
 'S an leisg 'an deigh a leireadh,  
 Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom, etc.*

'S a Dhonnachaiddh, thoir a mhointeach ort,  
 'S na tig ri d' bheo g' am iarraidh,  
 Oir O, cha luidh mi comhla riut,  
 'S cha phòs mi thu—gu siorruith !  
 Seisd :—*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom,*  
*Cha ghabhainn fhein fear slaodach,*  
*Cha ghabhainn fhein an leisgean lom,*  
*Gun chrodh, gun fhonn, gun aodach.*

## Mairi na h-Airidh.

Air sonn ur leis an ughdar fein.

Seisd :—'S truagh nach robh mis' agus thus' agus ise,  
           'S truagh nach robh is' agus mise ri cordadh,  
           'S truagh nach robh thus' agus is' agus mise,  
           Gur truagh nach robh mis' agus ise ri posadh.

Gur aotram a dhannsainn air ùrlar le m' annsachd,  
   'S a shiubhlainn an samhradh 's an geamhradh le Mairi,  
   'S air-lear an t-slighe,  
   Gu 'm eibhinn mo chridhe,

Ri briodal 's a' bruidhinn ri nighean na h-airidh.

Seisd :—'S truagh nach robh mis' agus thus' agus ise, etc.

Ge ard agus proiseil ban-tighearnan spoirseil,  
   Cha-n 'eil iad no 'n seorsa cho boidheach ri m'  
           mhaighdean,

Le comhradh a 's binne,

Le giulan a 's grinne,

Le suilean a 's geura na reultan ri boillsgeadh.

Seisd :—'S truagh nach robh mis' agus thus' agus ise, etc.

'S mi shiubhladh na gleannan fo dhidean nam beannan,  
 'Am aonar le m' leannan bho mhaduinn gu h-oidhche,

'S gu 'n deanadh sinn sugradh  
 Air moch-mhaduinn chubhraidh,

Le cridhe lan durachd, gun churam roimh naimhdean.

Seisd :—'S *truagh nach robh mis' agus thus' agus ise*, etc.

Cha-n iarrainn de shòlas Di-luain gu Di-domhnuich,  
 Ach comunn us comhail na h-oigh' a 's ro aillidh,

'S ged bhiodh sinn gun storas,  
 Aig Dia tha gu leor dheth,

G' a thaomadh 's g' a dhoirteadh le trocair 's gach aite.

Seisd :—'S *truagh nach robh mis' agus thus' agus ise*, etc.

Ge cian leam bho dh-fhag mi an tir a rinn m' àrach,  
 Cha deachaidh deadh chànan mo Mhairi bho m'  
 chuimhne,

'S ochòin 's beag mo churam,  
 Gu 'n tionndaidh i cul rium,

Gu'm paisgear 's an uir mi no'n dumhlachd na doimhne.

Seisd :—'S *truagh nach robh mis' agus thus' agus ise*, etc.

Na 'm bithinn-sa seolta gu roinn chuir 'an ordugh,  
 Gu 'n seinninn do mhorachd 'an oran glan Gaidhlig,

'S chuirinn ri cheile,  
 Do ghibtean 's do bheusan,

'An cainnt a bu ghleusda na Bheurla għlas, għrannda.

Seisd :—'S *truagh nach robh mis' agus thus' agus ise*, etc.

Cha chuala mi cànan cho binn ris a' Ghaidhlig,  
'S cha-n fhaca mi làthracdh cho blath ri mo ghruagach,  
  'S cha d'-fhuaireadh an treubh sin,  
  'An crualal bu treuna,  
Na clannaibh nan Gaidheal nuair dheireadh an  
  tuasaid.

Seisd :—'S truagh nach robh mis' agus thus' agus ise,  
  'S truagh nach robh is' agus mise ri cordadh,  
  'S truagh nach robh thus' agus is' agus mise,  
  Gur truagh nach robh mis' agus ise ri pòsadh.

## Gur Cianal a thà mi.

Air fonn ur leis an ughdar fein.

Gur cianal a thà mi an trath so leam fein,  
 Cuir sios ann an ordugh binn oran ri cheil',  
     Do d' bhraighean, mo dhuthaich,  
     Bho chian chuir mi cùl riut,  
 Ach tionndaidh mi d'ionnsuidh gu fonnmhor le speis.

Do bheanntan a's aird thar gach aite thug buaidh,  
 A chunnaic, no chi mi an taobh so de 'n uaigh,  
     'S ged shiubhlainn an saoghal,  
     Feadh bheann agus aonach,  
 Cha-n aom mi, 's cha chaochail a chaoidh dhut mo  
     luaidh.

Mor mharbhaisg air uachd'rain cuir fuadach us pian,  
 Air muinntir na tir a bha dileas bho chian,  
     Bu chalm' ann an cruadal,  
     Bu tapaidh an guailean  
 A cheile nuair għluaiseadħ an tuasid gu dian ;

Cuir ruaig air na suinn bho na glinn 's am bu ghnath  
Bhi manran us sugradh 'an dluth-chleas gach la,  
'S am b'abhaist do 'n naoighean  
Bhi leumnaich le aoibhneas,  
Do 'n aois a bhi caoimhneil, 's do 'n mhaighdinn bhi  
tlath.

Tha madraidh us caoraich 's an aonach gu fior,  
Tha coigrich us Goill feadh nan coilltean gu sior,  
Tha 'm breac air an linne,  
'S am fiadh bharr na beinne,  
'S na Gaidheil bu ghrinne fo theinne 's an tir.

Cuir failte, ceud failte, bharr aite fo 'n ghrein,  
Air ard-shlios nan crioch bho na thriall mise cein,  
Cuir fault air na gruagaich  
A b'abhaist bhi stuaim,  
'S na h-oganaich shuairce bu dual a bhi treun.

## Na Ceithir Braithrean.

(Faic taobh-duilleig 205.)

Bu cheithir braithrean gorach sinn,  
 Bu bhrathrean gorach og sinn fein,  
 A dharaicheadh gu ciatach, grinn,  
 Gun mhoran suim do ni fo 'n ghein ;  
 Bu tric a thriall sinn raoin us gleann,  
 Ri 'g iarraidh nead 's an t-samhradh bhlath,  
 'S a dhirich sinn ri slios nam beann,  
 'S an àm a dh-fhalbh's nach till gu brath.

Bu tric a sheall sinn fada bhuainn,  
 A null thar cuan do thirean cein,  
 'S air-leam gu 'm faiceadh sinn 'n ar smuain,  
 Feadh astar bhuan gach tir fo 'n ghein ;  
 A ni nach 'eil, nach robh, 's nach bidh,  
 Gu'n saoladh sinn gu direach rèith,  
 Le meud mac-meamna bha 'n ar cri,'  
 Thug do gach neoní brigh us gnè.

Chaidh aimsir seach us dh-fhas sinn suas,  
 Ceart mar is dual do'n chinne-daon,  
 'S bu mhiann leinn triall a nios 's a nuas,  
 Air feadh gach beann us cuan us raoin ;  
 Ach caite nis am bheil an triuir  
 A dh-fhag cho túrsach, cianal m'fhounn ?  
 Tha h-aon dhiubh sinte sios 's an uir,  
 'S an dithist eile 'm brugh nan tonn.

'S an àm bu dligeach thríall a h-aon,  
 'S mo thruaighe, dhaog e fad bho laimh,  
 Am brathair caoimhneil, gradhach, caoin,  
 'S am mac bha daonan làn de dhaimh ;  
 'S nuair bhasaich esan rinn sinn bron,  
 Oir bha sinn dubhach, bronach, tinn,  
 Ri caoidh le cridhe trom fo leon,  
 Airson an oigear chaomh bu ghrinn.

Tha h-aon a'cadal tosdach, trom,  
 Am measg nan tonn 's a Chuan-is-iar,  
 A dh-fhag sinn uile cianal, crom,  
 Le iomadh osann trom us deur ;  
 'S tha h-aon 's a Chuan-a-deas 'na shuain,  
 A chuir an tuilleadh gruaimean oirnn,  
 Oir bhàthadh e 'an doimhn' a' chuain,  
 Dol timchioll Rudha chruaidh Chape-Horn.

'An neart an oige, 's mais' an dreach,  
 Gu'n ghearradh iad a tir nam beo,  
 Mar chraobh ri cuir a blath a mach,  
 A sgathar sios, 's nach fàs ni 's mo ;  
 'An diugh cho aoidheil, fallain, slan,  
 Le 'n uile ghradh do Thir nam Beann,  
 'S a maireach marbh 'am measg muir-làn,  
 'S an lamh air fàs cho fuar us fann.

Gu'n dhaog gach pàrant gearr 'n an deigh,  
 Oir shearg iad as le meud am broin,  
 Ni mo a fhuaireadh lús no leigh,  
 A b' urrainn leigheas creuchd an leon ;  
 Oir dh-fhalbh a chlann do 'n d-thug iad gradh,  
 'S a thug air ais dhoibh gradh ro chaomh,  
 'S mar sin gu fuar 's an uaigh gun bhaigh,  
 Tha iadsan samhach—taobh ri taobh.

B 'e sud an lot a rinn mo chlaoidh,  
 A ghnath bhi cuimhneachadh air cach,  
 'S na b' iognadh leat gu bheil mi caoidh  
 An dream nach till a chaoidh gu brath ;  
 'S gur cianal tha mi 'n diugh 's an dè,  
 'An tirean ceine tursach, trom,  
 Oir trom gu dearbh bha lamh mo Dhe,  
 A dh-fhag mo thaobh 'n an deigh cho lom.

Ach ged nach 'eil 's an fheoil ach sgàil,  
'S ar beatha gearr mar oiteag ghaoith,  
A shiubhlas seachad, sios, gun dàil,  
Nuair thig am Bas gun iochd g'ar claoidh ;  
Gidheadh gu faic sinn saoghal buan,  
Us beatha bhuan tre Righ nan gràs,  
Us coinnichidh sinn 'an ainm an Uain,  
'S na Neamhan shuas—gun taing do 'n Bhàs.

## Cumha nan Croitearan.

Air fonn :—“*O m' anam, rannsaich am bheil thu clith.*”

Gu'n chuir iad gruaimean air luchd mo ghaoil,  
 Mar chrodh gun bhuachail 'g an cuir fo sgaoil,  
 Bho thir an duthcha gu dluth 'g am fuadach,  
 Gun iochd, gun truas, thar gach cuan us caol.

Tha 'n tir a b' abhaist bhi lan de shluagh,  
 Air fas na fasach gun mheas, gun bhuaidh,  
 'S am beagan dhaoine tha nis ri fhaotainn,  
 Air call an aogaisg 's air caochladh snuadh.

Tha feidh ri fas air feadh ard nam beann,  
 Tha clearcan-fraoich air gach raoin us gleann,  
 Ach trusgan feilidh gur tearc is leir dhomh,  
 Oir dh-fhas na Gaidheil gu leir ro ghann,

Na lochan lionta le bradain mhor,  
 Na bric ri siolachadh paitl gu leor,  
 Ach ged tha 'n iasg agus feidh cho lionmhor,  
 Tha 'n sluagh ri crionadh le pian us deoir,

Tha tir ar sinnsear fo chis do Ghoill,  
Air fas ro dhiblidh le lochd us foill,  
Na coigrich ghrannda ri sgrios gach aite,  
'S gach gleann us airidh dol fas fo choill.

'S e 's aite-tamh dhuinn gach croit us cuil,  
Sinn-fhein mar thraighean a chaidh air chul,  
Gun teachd-an-tir ann an tir ar sinnsear,  
Mar dhream a dhiteadh le Righ nan dùl.

O Dhe, nach seall thu air cor do shluaign,  
Nach gabh thu truas do na deoraidh thruagh,  
Nach toir thu torachd air luchd an fhoirneart,  
'S air d-ainm ro ghlormhor bheir moran luaidh.

Ach seaibh laidir mar ghaisgich threun,  
'S na gabhaibh tamh gus a fas sibh fein  
N' ur daoine saor air gach cluain us aonach,  
Gun chead ri fhaotainn bho h-aon fo 'n ghrein !!

## Na h-uachdarain.

Gu 'm bu fada fallain, slàn,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 An Gaidheal gasd a sgriobh an dàn,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Luinneag bheag a rainig mi,  
 Anns na h-Innseachan 's mi sgith,  
 'S a chuir aoibhneas air mo chri',  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

B' esan fein an duine còir,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 'S gu 'm bu pait a bhios a stòr,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Gu 'm bu sona bhios a thamh,  
 Guineach, geur, a bhios a lamh,  
 Gu bhi saltairt sios nan namh,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Sud na sionnaich mosach, breun,  
 Haoi-hò na h-uachdarain,  
 Chreach 's a chlaoidh na Gaidheil threun,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Ghoid am fearann bho gach tuath,  
 Thug gach còir us cothrom bhuath,  
 Ach thig leir-sgrios orr' gu luath,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Rinn iad milleadh mor us mort,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 Gus na dheirich goinne 's gort,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Airson caoraich agus spreidh,  
 Airson cearcan-fraoich us feidh,  
 Thriall na daoine—slàn 'n an deigh,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Ach tha latha teachd gun dàil,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 Chum an saltairt sios fo shàil,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Bha iad riamh cho làn de chruas,  
 Do na dilleachdain gun truas,  
 Ach 's an la sin gheibh iad duais,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Theid iad sios do 'n teine-mhor,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 'S doirtear airgiod leaght' us or,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 Sios 'n an amhach chruaidh gun tamh,  
 'S theid iad anns a' chuan air snamh,  
 Chaoidh gun fhois do chas no lamh,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Sgap iad sinn a null 's a nall,  
 Haoi-hò na h-uachdarain,  
 Ceart mar chaoraich chaidh air chall,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Airson seilg do choigrich bhreun,  
 Sgaol iad sinn do thirean cein,  
 Fad bho 'n duthaich bu leinn fein,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Rinn iad gleadhraich nach bu ghann,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 Co ach iadsan, co bhiodh ann !  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Co ach iadsan thall 's a bhos,  
 Null 's a nall gun tamh, gun fhois,  
 'S iad cho làn de mhoit 's de phrois,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Fasaidh iad a nise caol,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 'S coma leam ged d-fhas iad maoil,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Theid an cuilbheartan fo gheill,  
 Duinidh iad gu tur am beul,  
 'S theid iad fad air falbh mar neul,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Ni luchd fairneart agus foill,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 Teich air fogradh fo na choill,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 'S mar bu choir do 'n chinne-daon,  
 Gheibh luchd aiteachaidh, gach aon,  
 Seilbh air fearann mor us maoin,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

Bidh sinn sona 'n sin a chaoiadh,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain,  
 Lan de chaoraich 's de chrodh-laoigh,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain ;  
 Bidh sinn caoimhneil agus caomh,  
 Gun bhi 'g aomadh taobh gu taobh,  
 Ceart mar bhios na h-ainglean naomh,  
 Haoi-hò, na h-uachdarain.

## An Colera.

Air fonn :—“*Gur moch rinn mi dusgadh.*”

Measg an tinneas ro bhasmhor a tha 'n drasda cho dian,  
 Leagal lag agus laidir air na sraidean le pian,  
 Bidh mi smaoineachadh caoimhneil air na laithean  
     bho chian,  
 'S air an duthaich a b' fhearr leam air na dhealraich  
     a ghrian.

Saighdean guineach na greine ri toirt geill air gach duil,  
 Sgaradh chairdean bho cheile, 's ri toirt deur bho gach  
     suil,  
 Ri cuir sgapadh air moran, 's ceangal-posaidh air chul,  
 Deanamh cridheachan bronach air bheag sòlais no ciuil.

Air gach taobh dhiom tha phlaigh so deanamh bearnan  
     gu leor,  
 Leegal lag agus laidir sios mar bhlas an theoir,  
 Toirt air athair us mathair gu bhi fagail an treoir,  
 'S a toirt piuthar bho bhrathair ann an amhghar ro  
     mhor.

Gur e 'n *Colera* euslaint thar gach euslaint thug buaidh,

Gu cuir uamhas air daoine le chuid chuibhrichean cruaidh,

Neach a 's fallain a chi thu ni e ioslachadh truagh,

'S air an aodann a 's faoiltich bheir e caochladh 'an snuadh.

Fasaidh aodann cho tana, fasaidh anail cho fann,

Fasaidh guth cho lag iosal 's nach bidh briathran ach gann,

Air na suilean bu bhoidhche fasaidh sgleo agus lann,

'S nuair a chi thu 'n droch thuar ud 's dual do 'n uaigh a bhi teann.\*

Cha dean innleachdan leighean moran feum anns a' chuis,

'S cha toir ni air an talamh air ais sealladh na gnuis,  
Oir bidh 'n iocshlaint 'bu luachmhor riamh a fhuaireadh bho thùs,

Ceart mar neon i's mar bhreugan, air bheag eifeachd no lùghs.

\* This verse is true to the very letter. As therein mentioned, pinched, anxious features; shallow breathing; whispering, almost inaudible voice; and filmy, lacklustre eyes, are the most typical signs of acute cholera.

Nach neo-chinnteach ar beatha theid a chaitheamh  
 mar cheo ;  
 'S nach e ghoraiich is faoine bhi toirt gaol do na sgleo ?  
 Oir nach iomadh fear laidir bhos a maireach gun deo ?  
 'S nuair a phaisgear 's an uaigh e cha teid buaidh  
 leis ni 's mò.

Ach cha chaill mi mo dhochas fhad's is beo mi tre ghràs,  
 Oir is dochas a's dòcha deanamh comhnadh bho'n bhàs ;  
 'S urrainn Slanaighear siorruith mise dhian anns gach  
 càs  
 'S gus an dùinear mo shuilean bidh mo dhuil ris 'an sàs.

Taing, a Thighearna ghrasmhor, 's ann 'na d' lamhan  
 tha sinn,  
 Tha gach lag agus laidir, tha gach slàn agus tinn,  
 Anns gach cunnart us gàbhadh mar is aill leat dean  
 ruinn,  
 'S ge b'e beatha no bas dhuinn, biodh do ghras, a  
 Dhe, leinn.

## Tir nam Beann-ard.

Air fonn :—“*Buaidh leis na seoid.*”

Seisd :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh,  
 Am fonn thar gach fonn feadh an t-saoghal thug buaidh,  
 'S do dhuthaich nam beann anns gach cruadal us cas,  
 Air cuan no air tir, bidh sinn dileas gu bas,*

*Tir nam Beann-ard.*

Air dhomh-sa bhi sgith anns na h-Innseachan cein,  
 Us m' fheol air a pianadh le dian-theas na grein,  
 Gur tric ann am inntinn thig muinntir mo chri',  
 Us Tir nam Beann-ard anns na dh-araicheadh mi,

*Tir nam Beann-ard.*

Seisd :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh, etc.*

Ged shiubhlainn an saoghal feadh aonach us fonn,  
 Ged sheolainn gach aite feadh bhàrcaich nan tonn,  
 Ged thriallainn gach gleann agus beann tha fo 'n ghrein,  
 'S e 'n tir a rinn m' arach is aillidh leam fein,

*Tir nam Beann-ard.*

Seisd :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh, etc.*

Nuair ghairmteadh na Gaidheil ri cheil' as gach gleann,  
 'S a thoisicheadh bualadh us sguabadh nan lann,  
 Cha d' fhuaireadh na naimhdean bho laithean bho thùs,  
 Nach sgapadh, nach sgaineadh, 's nach fagadh an lùghs,  
 Tir nam Beann-ard.

Seisd :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh, etc.*

'S nuair sheideadh a phiob ann an cluasan nan laoch,  
 Cuir cuimhne gu deonach air mointeach an fhraoich,  
 Gu 'n eireadh gach inntinn ri cluinntinn a' chiuil,  
 A chuala na beanntan 's gach àm chaidh air chul,

Tir nam Beann-ard.

Seisd :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh, etc.*

Gur priseil an dileab a sheilbhich na suinn,  
 Fuil chraobhach an sinnsear bu riomhaiche loinn,  
 A' chànan cho uasal 's a chualas a riamh,  
 Us trusgan an fheilidh do 'm b' eibhinne sgiamh,

Tir nam Beann-ard.

Seisd :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh, etc.*

Bho chìan anns gach gàbhadh's gach cearnaidh fo 'n  
ghrein,

Bu dual do na Gaidheil a riamh a bhi treun,  
Oir b' fhearr leo am bàs na bhi striochdadh do namh,  
Us sìnte 's an uaigh a bhi suaineach 'n an tamh,

Tir nam Beann-ard.

Seisde :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh, etc.*

Mar sin cuiribh failte, ceud fault' air gach aon  
De 'n t-sluagh do 'm bu dual a bhi cruaidh agus caoin,  
'S a chaoidh bidh sinn caomh agus caoimhneil ri cheil',  
Mar dream nach robh riamh do na naimhdean fo gheill,

Tir nam Beann-ard.

Seisde :—

*Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh,  
Am fonn air gach fonn feadh an t-saoghal thug buaidh,  
'S do dhuthaich nam beann anns gach cruadal us càs,  
Air cuan no air tir bidh sinn dileas gu bàs,*

*Tir nam Beann-ard.*

Marbhainn do 'n t-seanailear  
 Sir Tearlach MacGhriogair.

(Faic taobh-duilleig 208.)

Air fonn ur leis an ughdar fein.

Co chumas suas claidheamh buadhach Chlainn-Ghriogair?  
 'S co anns an tuasaid a sheasas an coir?  
 Oir sint' agus fuar anns an uaigh a tha 'n ridir,  
 Bu chruidh ann an cruidal gu buanachadh gloir ;  
 Nuair sheideadh an trompaid 's a dheireadh am buaireas,  
 'S a ghluaiseadh na sloigh gu bhi comhrag us strith,  
 B' e 'n t-àm sin a b' abhaist do d' ghaidean bhi buadhach,  
 Chum coigrich us naimhdean a chlaoideadh gun bhrigh.

Cha-n iognadh leam cluinnntinn Clann-Alpain ri caoineadh,  
 'S an giubhas gu tùrsach ri lùbadh gu làr,  
 Tha 'n uiseag 's an smeorach le deoir ghoirt a' braonadh,  
 Ri caoïdh an duinusal thug buaidh anns gach blàr;  
 An Gaidheal gun mhorchuis bu sheolta ri iarraigdh,  
 'S an saighdear gun bheud a bha treun anns gach cùis  
 Tha lion-aodach bais air a phasgadh gu siorruith,  
 'S na lamhan bu laidir air fas lag gun lughs.

Na 'm bithinn-s 'am bhard dheanainn dànanachd gu gleusda,  
 Toirt luaidh air do buhadhan thar cuan agus caol,  
 'S gu 'n ceanglainn gu seolta deadh orain ri cheile,  
 Gu binn ri cuir cuimhn' air do chaoimhnealachd ghaoil ;  
 An sealladh 's an giulan bu chiuite ri aireamh,  
 An ceum-chois a b' aillidh air sraid no air feill,  
 Mo thruaighe, fo 'n fhòd bhi cho og air an caradh,  
 Us cairdeas do naduir do 'n Bhàs bhi fo gheill.

A mhisneachd a chinn ris bho shinnsear nach geilleadh,  
 An cridhe glan cubhraidh nach lùbadh do namh,  
 An calpa bu bhoidhche fo chomhdach an fheilidh,  
 O Bhàis, anns an uaigh chuir thu suaineach 'n an tamh ;  
 Mar ròs geal fo bhlath gu 'n do ghearr thusa sios e,  
 An Gaidheal bu dileas do Thir ard nam Beann,  
 'S an gaisgeach bu treuna chuir euslaint fo chis e,  
 'S gur truagh leam ri innseadh gu 'n dhiobar e fann.

Bidh chlann bheag ag eisdeachd gach sgeulachd a dh-innsear,  
 Mu thimchioll nan suinn a bha caoimhneil us treun,  
 'S bidh cuimhne gu dluth ac' air cliu ard an sinnsear,  
 G' a leantuinn gu bàs anns gach cearnaich fo 'n għrein ;  
 'S nuair thoisicheas naimhdean ri bagradh gu dàna,  
 'S a ghairmear na Gaidheil ri cheil' as gach gleann,  
 Air-leam nach bidh h-aondhiubh nach cuimhnich an aithne :—

*Gu brath a bhi dileas do Thir ard nam Beann !!*

## Fanndaigeadh na Gaidhlig.

Faic an roimh-radh.

Air fonn :—“*Chunnaic mise bruadar rinn luaineach an raoir mi.*”

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn ; togaibh fonn air a' Ghaidhlig,  
A' chànan ro uasal thug buaidh air gach cànan,  
Biobh dileas d' ur sinnsear's do 'n dileab a dh-fhag iad,  
'S 'an subhachas no 'n eigin na treigibh gu brath iad.*

Air oidhch-eigin araid air blar anns na h-Innsibh,  
Air uachdair an fhuinn air mo dhruim 'na mo shineadh,  
Gu 'n thoisich mi sealltuinn air dealradh nan speuran,  
'S na rionnagan bha stiuradh an cùrs feadh nan  
neamhan.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Gu 'n bheachdaich mi geur air na reultan ro oirdhearc,  
'S air morachd an Triath tha 'g an riaghlaigh cho  
glormhor,

Gach aon aca 'g imeachd gun sgios mar is miann leis,  
'Sa'seoladh feadh a'chuain tha gun uachdar, gun iochdar.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

## FANNDAGEADH NA GAIDHLIG 99

Fadheoidh thionndaidh m' inntinn gu beanntaibh nan  
Gaidheal,

An tir a rinn m' àrach 's a b'fhearr leam thar ceudan,  
'S air tuiteam 'an suain dhomh 's mo smuain air tir  
m' eolais,

Gu 'n thoisich mi ri bruailean le bruadar ro neonach,  
Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

(AM BRUADAR.)

Air-leam mi bhi 'n gleann leis na beanntan mu 'n  
cuairt air,

'S a' fraoch frasach, boidheach, ri comhdach nam  
bruaciean,

Tre iochdar a' ghlinn bha sruth binn cumail cursa,  
Le torman ciuin ri seinn 's ri cuir m' inntinn fo thursa.  
Seisd :—

*Tagoibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Bha airde nan stucan gu muirneach mar b' abhaist,  
Bha iomhaigh nam frithean gu riomhach, glan, aluinn,  
Ach O, faicinn caochladh na raointean bu bhoidhche,  
'S iad uil' air fas nam fasach gun aiteach, gun  
chomhnuidh.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

100 FANNDAGEADH NA GAIDHLIG

Bha caoraich le 'n àl anns gach aite ri meilich,  
'S gu leor chearcan-fraoich air feadh aonach nan  
sleibhtean,

Bha feidhair feadh beanntan us gleanntan mo dhuthcha,  
'S an sluagh air fas ro ghann 's iad cho fann bochd  
fo thursa.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Oir O, bha na Gaidheil mar spreidh air am fuadach,  
'S iad sgapta bho cheile mar threud bhochd gun  
bhuachail,

'S an t-iarmad nach d-fhalbh bha iad balbh anns a'  
chanan,

Bha blasda, binn le 'n sinnsear feadh linnteann gun  
aireamh.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Gu 'n dh-fhas mi ro bhronach le deoir ghoirt 'na m'  
shuilean,

Ri faicinn an aite 's am abhaist dhoibh sugradh,

'S air m' inntinn bhi ciurta le curam ro chianal,

Gu 'n sheall mi null 's a nall feadh nan gleanntan bu  
mhiann leam.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

## FANNDAGEADH NA GAIDHLIG 101

Air dearcadh mu 'n cuairt dhiom le gruaim nach robh  
neonach,

'S ri caoidh tir mo ghaoil bhi cho aonranach, bronach,  
Gu 'n dhealaich fo 'm shuilean bean chiùin 's i 'na  
h-aonar,

'S air-leam gu 'n robh bhean sgiamhach gu cianal ri  
caoineadh,

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Air uachdar an fhraoich, mar bu chaomh leis na  
Gaidheil,

'S an àm mas do dh-fhas iad cho traileil 's cho feineil,  
Gu 'n thriall i tre 'n gheann le ceum mall, banail, uasal,  
'S gu 'n dh-fhalaich mi mi-fein anns an sfeur bha  
mu 'n cuairt dhiom.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Bha 'ceann maiseach ruisgte fo dhruchdaibh nan  
speuran,

'S a falt trom 'na chuailean mu 'n cuairt air a cheile,

Bha ' ciocan cho lionta ri ciocan glan oighe,

'S a casan caoin 's a lamhan ro aluinn, gun sgoid orr',

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Bha trusgan an fheilidh gu beusach mu 'n cuairt orr',  
 Us breacan ro bhoidheach ri comhdach a guailean,  
 Mu thimchioll a leasraidh bha crios de gach seorsa  
 De dhathan air an d-fhuaireadh a riamh luaidh no  
 eolas.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

'Na gnuis gheal bha suilean gu muirneach ri boillsgeadh,  
 Cho siobhalta, seimh, ris na reultan feadh oidhche,  
 'Na beul milis, beusach, bha deud gheal ro bhoidheach,  
 'S nuair chuala mi ri cainnt i bu bhaind leam a  
 comhradh.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Cha b' aon mhaighdean bhoidheach chuir sgleo air  
 mo shuilean,  
 'S a dh-fhag mi ro ghorach le 'n comhradh 's le 'n  
 giulan,  
 Oir co riamh a fhuaireadh cho suarach 'na nadur,  
 'S nach fasadh cridheil caoimhneil, le maighdean bhi  
 lamh ris !

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

## FANNDAI GEADH NA GAIDHLIG 103

Ach O, os an ceann bha bhean ghrinn so cho sgiamhach,

'S gu 'n siubhlainn an saoghal 'na gaol feadh nan siantan,

'S ged bha i car aosda, bha h-aodan cho aluinn,

'S a comadh caomh gun mheang air bho 'ceann sios gu 'sailean,

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Nuair rainig i nall gu bhi teann ri mo thaobh-sa,

Gu 'n dh-fhas i ro brhonach, le deoir ghoirt ri braonadh,

'S air seal tuinn mu 'n cuairt dhi le gruaim feadh na' frithean,

Gu 'n bhrist i sios le bron a bha neonach ri chluinntinn :—

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

(CUMHA NA MNA.)

"Gur mis'" ars is' "a' Ghaidhlig bha aluinn 'na m' oige,  
'S feadh linntinn gunchuimhne bha binn blasd le moran,  
'S ged dh-fhas mi cho liath, b' e mo mhiann bhi le durachd

Ri ceangal Clann nan Gaidheal ri cheil' anns gach duthaich,

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

“Cha-n ioghnadh mo shuilean bhi tursach us deurach,  
 Ag ionndrainn mo chlann a rinn mealltach mo  
 threigsinn,

Oir ceart mar an gradh a bheir mathair d' a leanabain,  
 Mar sin gu 'n robh mo ghaol-sa gun chaochladh do  
 dh-Albainn,

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

“Ach O, 's trom a thà mi, le craidh air mo lionadh,  
 Gu cianal ri giulan gach cuis tha 'g am phianadh,  
 'S cha mhor nach b' e b' shearr leam am bas na bhi  
 'g ionndrainn

An dream do 'n d-thug mi run, 's leis nach fiu teachd  
 'am ionnsuidh

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

“Oir shleamhnuich mo chlann leis nach b' annsa mo  
 sgiamhachd,

'S a thuit bho bhi dileas do 'n t-sinnsear bu chiataich,  
 Oir dh-fas iad cho feineil le Beurla għlas, għrannda,  
 'S gu 'n chuir iad riuum-sa culaobh mar spruileach ro  
 għraineil,

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

“Gu 'n thilg iad á cuimhne na suinn għasd 'bu ghleusda,  
 Do 'm oighreachd a' Ghaidhlig bho Adhamh 's bho  
 Eubha,

'S air dhoibh deanamh d'lmeas air sinnsear cho cliutach,  
 Gu 'n chaocal m' aghaidh mhaldha—'s gu 'n dh-fas  
 mi ro thursach !”

Seisid :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Cha b' urrainn a' bhean sgiamhach cuir crioch air a comhradh,  
 Nuair dh-shanndaig i sios air a lionadh le doruinn,  
 'S air uachdair an fhraoich bha mo chaomh-sa 'na sineadh,  
 'S a tuigse tur 's a leirsinn gu leir air a diobradh.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Air faicinn bean mo ghaoil air an aonach 'n a càradh,  
 Gu 'n ruith mi null d' a h-ionnsuidh neo-ionnsuicht mar bhà mi,  
 'S gu 'n dh-fhiach mi gu dileas gach innleachd a dh-fhaodainn,  
 Chum sabhaladh bho 'n bhas a' bhean ghradhach 'bu chaomh leam.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Nuair chuala na Gaidheil mar dheirich do 'n Ghaidhlig,  
 'Na h-aonar le-fein air a treigsinn le ' cairdean,  
 Air ball anns gach aite gu 'n dh-fhas iad ro dhileas,  
 Gu seasamh coir na cainnt a bha baind, blasd le 'n sinnsear.

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

Gu 'm faca mi fadheoidh buidhean bhoideach mu 'n cuairt orr',  
 Toirt boid anns gach tir a bhi dileas gu buan dhi,  
 'S air dhomh-sa bhi aoibhneach le muinntir mo dhuthcha,  
 Gu 'n chlisg mi as mo shuain—'s as mo bhruadar gu 'n dhuisg mi !!

Seisd :—

*Togaibh, togaibh fonn; togaibh fonn air a' Ghaidhlig, etc.*

## Suil-Aluinn na Hearradh.

Air fonn :—“*S i mo leannan-sa 'n te ùr.*”

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn,*  
*Togam fonn gu binn air m'ulaidh,*  
*'S ged a bhiodh mo chridhe trom,*  
*Thogainn fonn co-dhiu dhi.*

'S tric mi smaointeán air mo ghaol,  
 Nuair bhios daoine trom 'n an cadal,  
 'S mi ri cuimhneachadh gu caomh  
 Air mo ghaol le durachd,

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Cridhe finealt, foinnidh, fial,  
 Sud a riamh bha aig mo leannan,  
 Ribhinn laghach lan de chiall,  
 Nach robh riamh rium diumbach,

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Nuair a thuiteas mi 'an suain,  
 Bidh mo bhruadar air mo nighean,  
 'S bidh i 'n comhnuidh air mo smuain,  
 Nuair is dual dhomh dusgadh.

Seisid :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Gu'm bheil m' aigne trom fo leon,  
 Riamh bho sheol mi as na Hearradh,  
 Oir cha-n fhaic mi mar bu nòs,  
 Nighean og mo ruin-sa.

Seisid :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

'S iomadh nighean għlan 'tha ann,  
 Eadar Tiuppan us Ceann Bharraidih,  
 Ach gur tus' is aillidh leam,  
 Air feadh fonn 's an duthaich.

Seisid :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Nuair a sheoladh sinn air sàl,  
 La na Sabaid dol do 'n eaglais,  
 'S e mo chridhe fhein bhiodh làn,  
 'S bean mo ghraidih cho dluth rium.

Seisid :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Och, a ghaoil, bu ghoirid leam  
 Bhiodh an t-àm ri siubhal seachad,  
 'S tu ri m' thaobh ri bruidheann rium,  
 Banal, sunntach, cubhraidh.

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

'S nuair a shuidheadh tu-sa thall,  
 'S tric a chaill mi an ceann-teagaisg,  
 Smaointean air mo ghaol 's mi dall  
 Do na rann fo m' shuilean.

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Dhe nan gràs, gabh thu-sa truas,  
 Air cho luaineach 's a bhiodh mise,  
 Nuair bu choir dhomh tiomnadhs suas  
 M' uile smuain do d' chliu-sa.

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Gur e mhaise bha 'na d' ghnuis,  
 Dh-fhag mi ciurta bho cheann fada,  
 Bodhaig dhireach aig mo rùn,  
 Gun bhi crom no crubach.

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn etc.*

'S e 'm brod-seirce bha 'na d' mhaol,  
 'S anns an aodann leam bu ghrinne,  
 Chuir fo dhruidheachd mi 'na d' ghaol,  
 Bho nach faod mi dusgadh.

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Ged do chi mi stapag Ghalld,  
 'S mor gu 'm b' annsa leam a' chailleag,  
 Dh-fhag mi-fhein 'an Tir nam Beann,  
 Ged nach gann mo rùn dhi.

Seisd :—*Togam, togam, togam fonn, etc.*

Thoir mo shoraidh bhuan gu brath  
 Null gu ailleagan mo chridhe,  
 Bean bu riomhaich leam thar cach,  
 'S i cho mald 'na giulan.  
 Seisd :—*Togam, togam, togam fonn,*  
*Togam fonn gu binn air m' ulaidh,*  
*'S ged a bhiodh mo chridhe trom,*  
*Thogainn fonn co-dhiu dhi.*

## Diomoladh an Uisge-bheatha.

Air fonn :—“*Tha buaidh air an uisge-bheath.*”

Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath,*  
*Thoir fuath dha's na òl deur dheth,*  
*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath,*  
*'S na òl deur teth no fuar dheth.*

Co e am bard Maciomhair ud,  
 A sgriobh an t-amhran mi-chiatach,  
 A leubh mi anns na h-Innseachan,  
 'S a chuir mi-fhein fo ghruaimean.

Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath, etc.*

Air-leam gur ceann na goraich e,  
 Bhi molladh stòp nam poitearan,  
 'S a liuthad mac us organach,  
 A dh-fhag i leont le truaighe.  
 Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath, etc.*

## DIOMOLADH AN UISGE-BHEATHA III

Ged bhiodh e nochd cho suigearach,  
Ag òl a stòp 's a buidealan,  
Gu 'm biodh e maireach muladach,  
'Na luidhe luideach, gruaimeach.

Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath, etc.*

Cha mhairg leam-fhein an t-amadan,  
A chuireas stòp air seacharan,  
'S e null 's a nall air allaban,  
Le 'cheann cho lag le luaidhean,  
Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath, etc.*

Cha-n aithne dhomh-sa feum a th' ann,  
Ach bruidealachd us breunalachd,  
'S a dh-aindeoin cainnt nam breugairean,  
An toir-sa speis gu buan dha.  
Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath, etc.*

An iomhaigh chiuin a b' aluinne,  
Am fleasgach grinn 'bu chairdeile,  
'S an ceann a b' airde tàlantan,  
Gu 'm fag i trailleil, suarach.  
Seisd :—*Thoir fuath mhór do 'n uisge-bheath, etc.*

112 DIOMOLADH AN UISGE-BHEATHA

Cha chaomh gu dearbh le cailleagan,  
Na slaightearan 's na scallagan,  
A bhios cho lom le peallagan,  
'S an aileag ri toirt buaidh orr.'  
Seisd :— *Thoir fuath mhór do'n uisge-bheath, etc.*

'S air-leam nach pòs a h-aon aca,  
Air chor sam bith na slaodairean,  
A bhios mar choin ag aornagaich,  
Cho slaodach anns a'bhuachair.  
Seisd :— *Thoir fuath mhór do'n uisge-bheath, etc.*

Cha mhò is caomh le caillchean iad,  
'S le mnathan-phosd gur salchar iad,  
Oir cha bhi meas air balgairean,  
A dhearmadas bhi suairce.  
Seisd :— *Thoir fuath mhór do'n uisge-bheath, etc.*

Mar sin gabh thu-sa rabhadh dheth,  
Aon deur nach teid le d' anail dheth,  
'S cho fad 's is beo air thalamh thu,  
Bidh beannachd mhór us buaidh leat.  
Seisd :— *Thoir fuath mhór do'n uisge-bheath, etc.*

Dean roghainn mhor de shiobholtachd,  
'S 'na d' chois bidh fois us finealtachd,  
'S na cuireadh misg fo mhì-cheist thu,  
Gu togail strith no buaireas.

Seisd :—*Thoir fuath mhor do 'n uisge-bheath, etc.*

Ach 's coir dhomh nis bhi criochnachadh,  
Ri dunadh suim nam briathran so,  
'S ma ni iad glic us ciallach thu,  
'S ann leam-sa trian do bhuanachd.

Seisd :—*Thoir fuath mhor do 'n uisge-bheath,*  
*Thoir fuath dha 's na dl deur dheth,*  
*Thoir fuath mhor do 'n uisge-bheath,*  
*'S na dl deur teth no fuar dheth.*

### Nighean mo ruin.

Amhran luaidh le fonn ùr leis an ughdar fein.

Seisd :—*A nighean mo ruin,*

*'S tu thogadh mo shunnt*

*'S ann oidhch' na Bliadhna-ùr a chord mi riut.*

Na faicinn thu tighinn,

'Ad ionnsuidh a ruithinn,

'S gu 'm eibhinn a bhithinn goid phògan bhuat.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Gur airde do bhuadhan,

Gur aillidh do ghruaidhean,

A 's gille na stuadhan Tonn-Chròice leam.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Gur cubhraidh leam d-anail

Na tuis agus canal,

'S gur baind agus banal do chomhradh binn,

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Gur aotrom a bhitheadh  
 Do cheum air an t-slighe,  
 Gu brosnachadh cridhe nan oganach.

Seisd ;—*A nighean mo ruin, etc.*

Do chiochan is glaine  
 Na cop air a' bhainne,  
 'S bean d'iomhaigh is gainne ri fheorachadh.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Do shlios mar an eala,  
 Mar fhaolag a' chala,  
 'S cha-n 'eil anns a' bhaile cho boidheach riut.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Le gibhtean cho gleusda,  
 Le giulan cho beusda,  
 Le nadur cho cneasda, neo-ghorach, ciuin.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Nuair theid mi do Ghallamh,  
 No dh-ait air an talamh,  
 As d' aogais gur falagh gach sòlas leam.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Gur mir' thu na piseag,  
 Gur binn' thu na 'n uiseag,  
 'S cha lubadh a' chuisseag fo d' bhrogan grinn.

Seisd :—*A nighean mo ruin, etc.*

Gur annsa mo chaileag,  
 Air-leam nach e pealag,  
 No idir an scalag a phosas i.

Seisd ;—*A nighean mo ruin, etc.*

Ach sguiridh mi bhruidhean  
 Air beusan mo nighinn,  
 Ge b'eibhinn a bhithinn seinn oran dhi.

Seisd :—*A nighean mo ruin,*

*'S tu thogadh mo shunnt,*  
*'S ann oidhch' na Bliadhn-ùr a chord mi riut.*

## Lochàluinn nan craobh.

Air fonn :—“ *Mhairi dhonn, bheidheach, dhonn,  
Mhairi dhonn 's mor mo thlachd dhut.* ”

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall,  
Teann a nall ris an teallach,  
Ach ma dh-fhuiricheas tu thall,  
Fiach nach teann thu air falach.*

'An Lochàluinn nan craobh  
Tha mo ghaol-sa ri fiireach,  
'S leam bu mhiann bhi ri' taobh,  
'S i cho caomh, cridheil, lurach,  
Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

B' fhearr leam fhein bhi le m' ghaol,  
Seoladh caol eilean Mhuile,  
Thar gach ionmhas us maoin,  
Feadh an t-saoghalil so uile.  
Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Riamh cha d-fhuair each bho thùs,  
 Muineal cubhraidh 'bu ghile,  
 'S tha 'm brod-seirce 'na gnuis,  
 Gu bhi ciurradh nan gillean.

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Cha bu lùthrach mo ghradh,  
 Ach an t-ailleagan cridheil,  
 Thogadh m' intinn bho chraidi,  
 Le' cuid manran us bruidhean.

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Ged tha Steornabhagh mhòr  
 Dol le goraich air mhire,  
 'S ged tha airgiod gu leor  
 Ann an stor Thobar-mhuire ;

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

'S ged tha 'n t-Oban gun dìth,  
 Le each-iaruinn 'g a thaghail,  
 Cha-n 'eil annt no 'm Port-righ,  
 Bean cho riomhach ri m' roghainn !!

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Cha-n 'eil beo fiu a h-aon,  
 Dh-aindeoin maoin agus báthar,  
 Tha cho briagha.ri m' ghaol,  
 Air feadh aonach fo 'n ádhar.

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

'S lionmhor oganaich ghrinn,  
 Dh-fhàg thu tinn, gabhail fadal,  
 'S iad cho tursach, gun sgoinn,  
 Fad na h-oidhche gun chadal.

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Tha bèul beusach mo ruin  
 Cheart cho cubhraidh ri canal,  
 'S cait' an d-fhuaireadh an tuis  
 Tha cho cubhraidh ri h-anal ?  
 Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Tha i finealt, gun sgraing,  
 Tha i bandaidh 'na bruidhean,  
 Tha i gleusda 'na cainnt,  
 Thar gach maighdean us nighean.  
 Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

'S tric a rinn mi gu ciuin  
 Cleasachd dluth ri mo leannan,  
 Ri goid phògan bho m' run,  
 Null 'an duthaich nam beannan.

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall, etc.*

Sud dhut iomhaigh mo ghraidih,  
 'An Lochàluinn tha fuireach,  
 'S thoir mo dhurachd gu brath,  
 Null gu m' ailleagan lurach.

Seisd :—*Teann a nall, teann a nall,*  
*Teann a nall ris an teallach,*  
*Ach ma dh-shuiricheas tu thall,*  
*Fiach nach teann thu air falach.*

## Eilean Leodhais.

'S e so a' cheud amhran a sgriobh mi anns na  
h-Innseachan.

Air fonn :—“*Fear a' Bhàta.*”

Seisd :—

*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi*  
*Bho d' bheanntan ard, ach cha d' rinn mi d' dhichuimhn;*  
*Ged tha na h-Innseachan clith 'g am chrionadh,*  
*Cha treig mi chaoidh thu ged chlaoidh a'ghrian mi.*

An t-eilean buadhach 's an d' fhuair mi m' àrach,  
 Thug mise speis dhut nach treig gu brath mi,  
 Tha tuinn a' chuain ri cuir bhuainn 'an trath so,  
 Ach ni mi 'n direadh gu tir nan armun,

Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

Cha toir mi luaidh air gach buaidh a dh-fhas ri  
 Do fhleasgaich shuairce 's do ghruagaich aluinn,  
 Na 'm bithinn gleusda cha-n fheud mi aicheadh  
 Nach seinninn rainn 's chuirinn loinn thar cach orr',

Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

Ach chuir an Leodach, an t-oigear ciatach,  
 An cliu 's am morachd 'an ordugh rianal,  
 B' e fhein am fìuran air cul pean-iaruinn,  
 Gu tir a dhuthcha 's a cliu chuir sios leis.

Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

Ma chi thu 'n t-òlach, cuir eolas dàm air,  
 Us faic an cuimhne leis oidhchean araid,  
 Bha sinn le cheil'—ach cha-n fheuch mi caite,  
 Ri mir us sugradh, 's ri smuideadh Gaidhlig.

Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

B' e sud am fonn thogadh sunnt air m' inntinn,  
 Nuair bha mi crion b' e mo mhiann a chluinntinn,  
 'S bho dh-fhas mi suas cha-n e fuath a chinn rium,  
 'S cha chinn gu siorruith gu 'm bliath a chill mi.

Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

Oir leam 's ro bhinn tha guth-cinn mo shinnsear,  
 Na dean-s' a dearmad, oir dhearbhainn fhein dhut,  
 Gur i a' chànan bha 'n Garadh Eden,  
 'S gur e thuirt Adhamh " Mo Ghradh " ri Eubha.

Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

'S e rinn mo leonadh, 's le bron mo chàradh,  
 'An laithean m' oige nach beo na cairdean,  
 Bha rium-sa caomh 's mi ro mhaoth 'na m' phaisde,  
 'S thug dhomh gaol, 's nach do thraoth gu bàs e,  
 Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

Mo run an triuir dh-fhag mi brùite, cianal,  
 'Am measg nam braithrean cha d' fhas cho ciatach,  
 Tha aon 's an uir aca, 's cuid 's an lionadh,  
 'S e shil mo shuil bhi le turs 'g an iargainn,  
 Seisd :—*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi, etc.*

Ro ghearr 'n an deigh-san gu 'n dheug gach pàrant,  
 Le cridhe brist' 's air am misneachd fhagail,  
 Oir taobh ri taobh tha mo chaoimh 'an càradh,  
 'S tha m' aigne trom leis cho lom 's a dh-fhas mi.

Seisd :—

*Eilean Leodhais, gur fada thriall mi,*  
*Bho d' bheanntan ard ach cha d' rinn mi d' dhichuimhn;*  
*Ged tha na h-Innseachan clith 'g am chrionadh,*  
*Cha treig mi chaoiadh thu ged chlaoiadh a' ghrian mi.*

## Seonaid.

Air fonn :—“*Roy's Wife of Alderloch.*”

Sheonaid dhonn nan gorm-shuil meallach,  
 Leat a shiubhlainn gleann us bealach,  
     ‘S ged bhiodh tu, ruin,  
     Fo fhearg a’ Chruin,  
     ‘S tu fo na choill, gu ’n deanainn d’ fhalach.

‘S tric thu, ghaoil, gu fior air m’ aire,  
 Fad na h-oidhch’, ‘s mi deanamh faire,  
     Ri meas gach buaidh,  
     A dh-fhas ri m’ luaidh,  
 Do ’n glainne snuadh na stuadh na mara.

Chuala mise, ‘s mi ro ghorach,  
 Uiseag chiuin ri seinn ’s an smeorach,  
     Ach ceol cho binn  
     Ri ard ghuth-cinn  
 Mo ribhinn bhinn gur gann ri fheorach.

Sheol mi long gu iomadh cala,  
'S chuir mi cuairt air beann us baile,  
    'S cha-n fhaca riamh  
        Bean seirc do sgiamh,  
Do 'n gile cliabh na bian na h-eala.

Bliadh'n' mhath ùr do 'n ùir 's do 'n talamh,  
B' eibhinn leam na sleibhteán Ghallamh,  
    'S gu tir mo ghaoil  
        Gu 'n teid mi null,  
Ged bhithinn gann us fann us falamh.

Fhleasgaich shuairc fo sgail nam beannan,  
Thoir soraidh bhuam-sa do na gleannan,  
    'S an tric air tùs,  
        Bha mi gun turs,  
Ri deanamh sugradh dluth ri m' leannan.

## Cànan mo Ghaoil.

Air fonn :—“*Comhachag nan Craobh.*”

Gur cianal tha mì, ri 'g iargainn leam fein,  
 Cho fada bho thir m' eolais,  
 Ri cuimhneachadh caoin air muinntir mo ghaoil,  
 'S air eilean beag, caomh Leodhais ;  
 A dh-fhag mi bho thuath, nuair sheol mi gu truagh,  
 Feadh bharcaich a' chuain bheucaich,  
 'S do 'n d-thug mise gradh nach caochail gu brath,  
 'S nach diobair fo bhlaths greine.

Cha chluinn mi le m' chluais, fad astar mo chuairt,  
 An comhradh bu dual dhomh-sa,  
 'S bu tric rinn mi sheinn gu finealta, binn,  
 'An laithean gun fhoill m' oige ;  
 An comhradh gu dearbh leam fhein nach robh searbh,  
 'S gu siorruith nach searg bhuam-sa,  
 'S gu 'n duinear mo shuil gu tosdach 's an uir,  
 Bidh durachd mo ruin buan dhi.

Ach 's cianal an smuain ' thig orm-sa le gruaim,  
 'Ga m' fhagail cho truagh, túrsach,  
 'S nach mor nach sil deoir bho m' shuilean le bron,  
 'S nach guil mi le leon bruite ;  
 Nuair smaoinicheadas mi gu diomhar 'na m' chri',  
 Gu 'm basaich an fhior chànan,  
 Mur cum i suas gu h-eudmhòr le buaidh,  
 'S le durachd bhios buan, brathrail.

Nach iomadh bean bhinn us oigear glan, grinn,  
 Feadh linntinn gun chuimhn' aireamh,  
 Rinn briodal us gaol gu caoimhneil 's gu caomh,  
 'An comhradh glan, caoin, Gàidhlig ?  
 'S co 'n saighdear a b' fhearr gu buanachadh blar,  
 'S bu dileas na sàr Ghaidheal ?  
 Nach treigeadh gu brath guth binn nam beann ard,  
 'S nach deanadh do namh geilleadh.

'S an tilg sinn air chul a' Ghàidhlig ghlan chiuin,  
 Mar spruileach nach fiu faighneachd ?  
 Ged rainig i sinn feadh aireamh gach linn,  
 Bho shinnsear bha caomh, caoimhneil ;  
 'S am bidh sinn 's gach àit 's an dàn dhuinn bhi tamh,  
 Ni 's dillse d'ar gradh duthcha ?  
 Le treigsinn a' chainnt bha siobhalt, gun sgraing,  
 'S an comhradh bha baind cubhraidh.

Nis eireamaid suas fadheoidh as ar suain,  
'S bho chuibhricean chruaidh Beurla,  
Toirt urram us gradh do chainnt nam beann ard,  
'A chainnt sin bha ghnath teuma ;  
'S ri cheile bidh sinn ri bruidhinn gu binn  
'An Gaidhlig ro ghrinn, ghleusda,  
'S bidh beannachd us gradh 'n ar teaghlaich ri tamh,  
'S n' ar cois anns gach àit 'n teid sinn.

## Steornabhagh Mhor a' Chaisteil.

Air fonn :—“*Slainte dhut, deadh shlainte dhut,  
'S e slainte chuirinn as do dheigh.*”

Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh  
Am baile 's boidhche leam fo 'n ghrein,  
Steornabhagh 's e Steornabhagh.*

Steornabhagh mhor a' chaisteil,  
Baile 's mòdha th'air an t-saogh'l,  
Ach co-dhiu is beag no mor e,  
'S ann d'a leoid is mor mo ghaol.

Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Bha thu riamh cho briagha, boidheach,  
Ceart mar oighe laghach, ghrinn,  
'S cuiridh mis' 'an ceil dhut oran,  
A bhios seolta blasd ri sheinn.

Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Tha mi 'n drasda 'na mo shineadh  
Anns na h-Innseachan 's mi fann,  
'S mi le *pencil* dubh ri sgriobhadh  
Sios gach nl a thig 'na m' cheann.

Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Agus 's iomadh smaoin ro neonach,  
 Agus ghorach, bhios gun tamh,  
 Ruith tre m' eanchainn fhein an comhnuidh,  
 Null gu Steornabhagh mo ghraidh.  
 Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Saolaidh mi gu 'n dearc mo shuilean  
 Air gach cnoc us cuil us gleann,  
 'S ge do bhiodh mo shuilean duinte,  
 Chi mi soilleir stuc nam beann.  
 Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

B' òg thug mise gaol us gradh dhut,  
 Thar gach àit an ear 's an iar,  
 'S ged is cian bho rinn mi d'fhagail,  
 Chaoidh cha-n fhalnaich dhut mo mhiann.  
 Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Baile-mòr gun chron, gun fhiaradh,  
 Ris 'm bu mhiann leam fhein bhi dluth,  
 Anns am faighte gilleann fiallaidh,  
 'S nioghnagan 'bu chiataich cliu.  
 Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Boidich laghach, caillchean caoimhneil,  
 Maighdeanan 'bu bhriagh sgiamh,  
 Oganaich 'bu dual bhi aoidheil,  
 'S anns nach d' fhuaireadh foill a riamh.  
 Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

'S iomadh oidhche chridheil, ghorach,  
 Chaith mi comhla ris na suinn,  
 Ris na nioghnagan 'bu bhoidhche,  
 'S do 'm bu dual bhi doigheil, grinn.  
 Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

'S tric a shiubhal mi do shraidean,  
 'S och, bu shraiceil (!) bhiodh mo cheum,  
 Mas do dh-fhas mi odhar, grannda,  
 Le bhi tamh fo theas na grein.  
 Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

'S lionmhор feasgar soilleir samhraidh,  
 Rinn mi sealltuinn air gach bàt,  
 Bhiodh ri seoladh mach a m' annsachd,  
 Nuair bhiodh sgadan teann do 'n bhàgh.  
 Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

132 STEORNABHAGH MHOR A' CHAISTEIL

'S nuair a dhuisginn anns a' mhaduinn,  
Gu 'm b'e sealladh maiseach leam,  
Bhi 'g am faicinn lan de sgadan,  
'N an ruith dhachaidh bharr nan tonn.  
Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

O, b'e sud an sealladh eibhinn,  
Bheireadh geilleadh air gach bròn,  
Bhi 'g am faicinn ruith 's a' leumnaich,  
'S cop ag eiridh ris gach sroin.  
Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Cait am facas bàgh cho aluinn  
Ris a bhàgh mu 'm bheil mi seinn ?  
Ni-mò shuaireadh port cho sabhailt,  
Anns gach gàbhadh chruaidh us teinn.  
Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Nuair a b' abhaist dhomh cuir cul riut,  
Dol do dhuthaich dhubbh nan Gall,  
'S tric le deoir a shil mo shuilean,  
Fagal tir mo dhurachd thall.  
Seisd :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

Ach nuair thigeadh àm dhomh tionndadh,

Null a dh-ionnsuidh tir an fhraoich,

O, gur mi bhiodh cridheil, sunntach,

Falbh a null gu fonn nan laoch.

Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

'S nuair a ruiginn Gob na Càbaig,

Air bord bàta mor na smuid,

Bhiodh mo chridhe leum 'an airde,

Dol a steach do bhàgh mo ruin.

Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh, etc.*

'S chi mi fhathast fallain, slàn thu,

Ma tha 'n dain dhomh fhein bhi beo,

'S ged bu bhas dhomh—sud ort slainte,

Thir mo ghraidih le gradh gun ghò.

Seisid :—*Steornabhagh, 's e Steornabhagh*

*Am baile 's boidhche leam fo 'n ghrein,*

*Steornabhagh, 's e Steornabhagh.*

## An Searmon Fada.

Air fonn :—“*An Claigionn.*”

A' CHEUD CHEANN.

Ged nach ministir mì,  
 Ach fear aingidh gun bhrigh,  
 Bheir mi rabhadh beag fior do 'n t-sluagh ;  
 Mu na cumhnantan gràis,  
 A bhios seasmhach 's gach càs,  
 'S air nach urrainn am bas toirt buaidh.

Chuirinn cagar 'na d' chluais,  
 Air cho faoin 's a tha 'n duais,  
 Bheir an saoghal do 'n t-sluagh 's leis fein ;  
 'S air cho mealltach 's cho faoin,  
 A tha morachd us maoin,  
 A theid seachad mar aolach bhreun.

Na bi sanntach air òr,  
 No air urram us gloir,  
 A theid seachad mar neoil nan speur ;  
 Oir cha dean iad dhut stàth,  
 Ann am breislich an là,  
 Bhios a' pianadh le craidh ro gheur.

Ciod is fhiach dhut do dhreuchd,  
 Gu cuir plasd air no chreuchd,  
 Nuair a lotas an eug goirt thu ?  
 'S an dean buadhan a dh-fhas  
 Riut do shaoradh bho 'n bhas,  
 No 'n dean cumhachd, no aillt, no cliu ?

Lomnochd bha thu air tùs,  
 'Na do naoighean gun lùghs,  
 Air bheag curam do chuis fo 'n għrein ;  
 S' lomnochd tillidh tu null,  
 'S theid do charadh 's an toll,  
 'S nach tog piobarachd fonn ort fein.

Cha bhi tiodhlac 'na d' laimh,  
 Gu do shaoradh bho 'n namh,  
 Bhios ri cagnadh do chnamh 'n an smuir  
 'S theid gach gibht agus buaidh,  
 Bun os ceann anns an uaigh,  
 'S tu 'na d' shineadh trom, fuar fo'n uir.

Cha dean nì dhut car feum,  
 Mur do għabb thu deadh ghreib,  
 Air a' charraig nach geill 's an stoirm ;  
 'S mur do dh-fhiach thu le run,  
 Bhi ri lubadh do ghluin,  
 Ann an urnuigh gu dluth ri gairm.

Cha bhi didean dhut ann,  
 Mur do chreid thu 's a Chrann,  
     Air na cheusadh le clann nan daoin',  
 Iobart ionmhuinn Mhic Dhe,  
 Do na bhas a bha reith,  
     Chum bhi tearnadh le ' chreuchdan caoin.

Seadh, gu tearnadh gach aon  
 De chlann aingidh nan daoin',  
     A ni tionndadh bho fhaoineachd fein ;  
 Gu bhi sirreadh gu dluth,  
 Airson oighreachd nach muth,  
     Nuair a mhuthas gach duil fo 'n ghrein.

Tog do shuilean gu neamh,  
 Agus beachdaich gu seimh,  
     Air gach rionnag 's an speur tha snamh ;  
 'S iad ag imeachd gu buan,  
 Tre neo-chriochnachd a' chuain,  
     'S ri seinn orain do 'n Uan gun tamh.

Gabh 'na d' inntinn a steach  
 Dealradh sgiamhach an dreach,  
     'S iad ri boillsgeadh cho dreachmhor ciuin ;  
 Agus smuainich gu geur,  
 Co a chruthaich an speur,  
     A reir innleachd us meud a ruin.

O, nach ghormhor tha Dia,  
 Thar gach breithimh us triath,  
 'S co a dh-fhoillsicheas sgiamh a ghuais !  
 'S co an righ a bha riamh  
 Cosmhuil idir an gniomh,  
 Ris an Righ tha gun chrioch, gun tùs !

Faic a' ghealach 's a ghrian,  
 'S iad ri dealradh gu dian,  
 Mar bha 'n ordugh bho chian an rèis ;  
 Air bheag osnaich no sgios,  
 Ri toirt urram us cùs,  
 Do na Righ chuir gach nì air ghleus.

Dearc gu geur air gach taobh,  
 Agus beachdaich gu caomh,  
 Air an t-solus ri taomadh nuas ;  
 Mar gu 'm biodh iad gu seimh,  
 Ann an curtaibh nan neamh,  
 Le mor dheadh-ghean 'g ar smeideadh suas !

O, nach ghormhor gu dearbh  
 Tha na realtan ?—'s nach searbh  
 Iad bhi dhuinne gun tairbh, gun bhrigh ?  
 Ceart mar chreutairean dall,  
 Air ar reusan a chall,  
 Leis a' pheacadh a mheall ar cri'.

## AN DARA CEANN.

Teichidh iadsan a null,  
 'S theid gach aon ac' air cul,  
     Dh-aindeoin dealradh us muirn an gloir ;  
 'S mar a leigheas neach ceir,  
 Loisgear suas iad gu leir,  
     Ann an lasraichean geur, ro mhor.

Mar shean aodach gun mheas,  
 Theid gach duil as le teas,  
     A bhios teinnteach gu sgrios gach nì ;  
 'S bidh na lasraichean garg  
 Sputadh eibhlean ro dhearg,  
     Air an seideadh le fearg an Righ !

Bidh na neamhan fo thùrs,  
 'S caillidh reultan an cùrs,  
     Air am b' abhaist dhoibh stiuradh reith ;  
 'S bidh a' ghealach 's a' ghrian  
 Air an luasgadh gu dian,  
     'S iad air bhall-chrith 'am fianuis Dhe !

Bidh an saoghal le fuaim  
 Ri cuir daoine fo ghruaim,  
     'S ri dol seachad gu luath, mar cheo,  
 'S teichidh eilean us gleann,  
 Le mor uamhann nach gann,  
     Gus nach faicear iad ann nì's mò.

Buailidh reultan nan speur  
 Brais ri cheile gu geur,  
     Gus an teid iad gu leir 'n an smuir ;  
     'S cluinnear trompaid 's na neoil,  
     A ni dusgadh gach feoil,  
     Gus an eirich iad beo bho 'n uir.

Tuitidh Burmaid 's a chuan,  
     'S eiridh suas as an suain,  
     Chuid a bhàthadh 's a chuan bho chian ;  
     Cuid gu urram us gloir,  
     Agus aoibhneas ro mhor,  
     'S cuid gu mulad us doruinn dhian.

Air luchd fairneart us foill  
     Thig gach mallachd a thoill,  
     'S cha dean glaodhaich no caoidh dhoibh feum ;  
     'S cha bhi falach air lochd  
     Neach a sharuich am bochd,  
     Nuair a nochdar gach lochd us beum.

Air na h-uachdarain chruaidh,  
     Tuitidh mallachd an t-sluaign,  
     'S gheibh iad peanas us duais an gniomh ;  
     'S bidh na cealgairean breun,  
     Fiachainn falach dhoibh fein,  
     'S iad air imcheist le meud am fiarn.

Ceart mar chrionach gun bhrigh,  
 Bidh slat-rioghal an righ,  
     Oir 's co-ionnan an righ 's an traill ;  
 'S thig na sloigh uile cruinn,  
 Gu bhi faotainn am binn,  
     As gach duthaich, gach linn, 's gach àl.  
  
 Tuitidh Babilon mhor,  
 'S teichidh sgiamhachd a gloir,  
     Airson meudachd a neoghain fein ;  
 'S bidh Bhean-Scarlaid fo chìs,  
 Air bheag urram no prìs,  
 'S fagar lomnochd an t-striopach bhreun.

## AN TREAS CEANN.

Foisglear uinneag 's an ear,  
 'S bheir gach creutar fainear,  
     Le mor gheilt air gach fear a chi ;  
 Faicinn caithir gheal, mhor,  
 A bhios greadhnach gu leor,  
     Dealradh soilleir le gloir an Righ.

An Righ cumhachdach, treun,  
 Thar gach righ tha fo 'n ghirein,  
     Ni e dealradh 'an dreuchd a ghloir ;  
 'S bheir e breith air gach aon  
 De chloinn aingidh nan daoin',  
     A reir ceartas a naomhachd mhor.

Co a fhuaireadh a riamh,  
 Ann am focal no gniomh,  
 Cho beag eagal no fiamh do ghnàth ?  
 'S co am firean bho thus  
 Bha cho ceart anns gach cuis,  
 'S a ni sealltuinn 'na ghnuis gun sgàth ?

De chloinn aingidh nan daoin',  
 Riamh cha d-fhuaireadh a h-aon,  
 Bha cho iomlan 's cho naomh 'n a ghnè ;  
 'S cha bhi didean dhoibh ann,  
 Ach amhain anns a' Chrann,  
 Air na chrochadh gu teann Mac Dhè.

Bidh bogh-froise m' a cheann,  
 Bho 'm bidh dealradh nach gann,  
 'S bidh na seanairean teann ri thaobh ;  
 Ri toirt umhlachd do Dhia,  
 Tha cho mor thar gach triath,  
 'S ri seinn orain le briathran naomh.

'G eubhachd :—“ Moladh do Dhia,  
 Agus urram do 'n Triath,  
 Do 'm bidh sinne gu siorruith dluth ;  
 A thug sinn as gach càs,  
 Eadhon geimhlean a bhais,  
 Gu bhi moladh gu brath a chliu.

“Gloir us urram gu buan  
 Gu 'n robh siorruith do 'n Uan,  
 A shaor sinne bho 'n uaigh le ghaol ;  
 Seadh, do 'n Athair araon,  
 'S d'a Mhac ionmhuinn ro chaoin,  
 Gu 'n robh urram gu saogh'l na saogh'l.”

Chithear leabhar ro mhor  
 Ann an laimh Righ na gloir,  
 'S bidh an leabhar le bordaibh teann ;  
 Dùint' le seuлаichean cruaidh,  
 Air nach fheudar toirt buaidh,  
 'S cha bhi aon neach gu fhuasgladh ann.

No air talamh no neamh,  
 Cha bhi firean cho seimh,  
 No cho iomlan 's gu 'm feud a shuil  
 Dearcadh idir air brigh  
 Domhain, diomhar gach nì,  
 A tha sgriobhta le Righ nan dùl.

Gus am faicear an t-Uan,  
 Do 'm buin cumhachd gu buan,  
 A bha marbh 's a tha buadhach, beo ;  
 'S fosglaidh esan gach seul,  
 Aon an deigh a cheil',  
 'S gach ni falaicht' bha seuлаicht' leo.

Bheir e breith air na daoin',  
 A reir oibribh gach aon,  
   'S theid na gobhraibh air taobh leo-fhein ;  
 Gu bhi faotainn an duais,  
 Mar a thoill iad le 'n cruas,  
   'S le 'n cuid neoghlan us uabhar bhreun.

O, gur cruaidh bhios an càs,  
 Gus am miann leo am bàs,  
   Ach 's ann theicreas am bàs bho 'n gnuis ;  
   'S theid an tilgeadh gu leir  
 Ann an lasraichean geur,  
   Mar bha 'n ordugh dhoibh fein bho thus.

Mar do ghabh iad gu saor  
 Am Fear-saoraidh—gur daor  
   Agus diomhain bhios glaodh an t-sluaigh ;  
 Oir chaidh seachad a chaoidh  
   Àm bhi 'g eisdeachd an caoidh,  
   'S cha bhi crioch air an claoidh ro thruagh.

Oir ged eubh iad gu teann,  
 Air gach eilean us beann,  
   Airson falach an ceann fo 'n uir ;  
 Cha dean sin dhoibh car feum,  
 Oir bidh beanntan 'n an leum,  
   'S iad ri losgadh gu geur 'n an smuir.

## AN CÓ-DHUNADH.

Their am Breithimh le gruaim :—

“Teichibh, imichibh bhuan,

Sios do dhoimhneachd a' chuain nach traigh ;

A chaidh ullachadh dian,

Air an son-san bho chian,

A rinn dimeas air meud mo ghraidh.

“Reinn sibh tarcuis us tair

Air mo lagh-sa—’s cha b' fhearr

Leibh toirt urram no gradh do m' reachd ;

Agus dhiult sibh an t-Uan,

Do 'm buin urram gu buan,

Ach bha dhuibh-se gun bhuaidh, gun tlachd.

“Mar a dh-aicheaidh sibh Criosc,

Ri toirt urram do 'n Bhiasd,

'S nach do ghairm sibh air Dia le gradh,

Biodh bhur breitheanas buan,

Ann an doimhneachd a' chuain,

Air nach faighear 's nach d-fhuaireadh traigh.”

'S ann 'an sin bhios an glaodh,

Dol 's an fhairge nach traoth,

'S iad gun dochas ri saorsa chaoiadh ;

'S cha bhi leasachadh ann,

Air an amhghair nach gann,

Bhios le lasraichean teann 'g an claoiadh.

Ach 's e their E gu caomh,  
Ris na fireanaibh naomh :—

“ Thigibh thugam, gach aon de 'n dream,  
A ruith direach a reis,  
Do mo reachd a thug speis,  
'S le ful Chriosd a rinn reite rium.

“ Bha sibh dileas car uin,  
Le bhi lubadh bhur gluin,  
Ann an creidimh 's an umhlachd reith ;  
'S mar sin gheibh sibh bhur duais,  
Anns na neamhan ud shuas,  
Ann an có-chomunn buan Mhic Dhe.

“ Ann am beagan de nì,  
Bha sibh dileas do 'n Righ,  
Gun bhi dearmad bhur tim 's an fheoil ;  
'S mar sin, thigibh, mo chlann,  
Gu mor oighreachd nach gann,  
Do 'm bidh Criosa mar cheann 's na neoil.

“ Thigibh, seilbhichibh buan,  
Oighreachd shaoibhir an Uain,  
Air a' Bhas a thug buaidh le ' bhàs ;  
'S a rinn eiridh bho 'n uaigh,  
Le mor chumhachd us buaidh,  
Chum bhur saoradh-se buan tre ' ghràs.”

Theid iad so suas do neamh,  
 Gu bhi siorruith gu seimh,  
     Ri seinn orain gu h-eudmhor, caomh ;  
     'S theid iad sud sios do 'n chuan,  
     A bhios oillteil gu buan,  
     Ri toirt toibheum do 'n Uan ro naomh.

Bidh na h-uile ni nuadh,  
 Gun bhi caochladh an snuadh,  
     Seasmhach, daingeann gu buan 's gu beo ;  
     'S cha bhi deireadh no ceann,  
     Air an solas nach gann,  
     'S cha bhi aimsirean ann ni's mò.

O, nach sinne tha dall,  
 Air ar reuson a chall,  
     Ceart mar bhruidean cho gann de cheil ;  
     Ri cuir meas air an sgail,  
     A theid seachad gun dail,  
     Seach a' charraig gu brath nach geil.

Thigibh, bitheamaid treun,  
 Ach cha-n ann 'n ar neart fein,  
     'Ri cuir aingidheachd bhreun air cul ;  
     Gu bhi togail ar cri',  
     Bho gach faoineachd gun bhrigh,  
     Chum gu 'n seilbhich sinn Righ nan dul !

## Dòdhul agus Mairi.

(Sgeulachd gaoil agus broin.)

(Faic taobh-dulleig 211.)

Air fonn :—“*Seinn eibhinn, seinn eibhinn.*”

Och, gur cianal a thà mi,  
 'S mi air m' fhagail gun bhrigh,  
 Le bhi 'g ionndrainn an armuin,  
 A rinn craiteach mo chri' ;  
 Am fior organach uasal,  
 A thug bhuan-sa mo chlith,  
 'S bho 'n la sheol e air cuaintean,  
 A rinn gruamach, goirt mi.

Cridhe fallain gun fhiaradh  
 Ann an cliabh geal mo ghraidh,  
 Nach toir michliu gu siorruith  
 Air fuil chiatach an aigh ;  
 Do 'm bu dual a bhi laidir,  
 Mar bha gairdean nan laoch,  
 A bha riamh air an arach,  
 'An tir aluinn an fhraoich.

Gaidheal calma, gun bheud air,  
 Fo chuid eideadh ro ghrinn,  
 Trusgan sgiamhach an fheilidh,  
 Do 'm bu treubhanta loinn ;  
 Le chuid chalpanan dumhal,  
 Fo chuid ghluinean bu ghrinn,  
 'S bodhaig dhireach, gun chrubadh,  
 Do 'm bu mhuirniche sgoinn.

Sealladh finealt ro bhoidheach,  
 Foinnidh, solasach, caoin,  
 Nadur siobholt, gun mhorchuis,  
 Nach robh gorach no faoin ;  
 Suilean soilleir, gun fhiaradh,  
 Aghaidh chiallach ro chiuin,  
 Fo chul bachlagach, sgiamhach,  
 Sud dhut iomhaigh mo ruin.

Tha fuil chraobhach nan Gaidheal,  
 A bha treun anns gach càs,  
 Ruith tre chuislean a chleibhe,  
 Nach dean geilleadh gu bàs ;  
 Annс gach cunnart us cruadal,  
 Bidh mo luaidh-sa gun tamh,  
 Guineach, geur, gu cuir fuadach,  
 'S gu toirt buaidh air gach namh.

Saighdear seasmhach nach diobair,  
 'S nach dean dichuimhn gu brath,  
 Air fuil ainmeil a shinnsear,  
 Nach biodh striochdadadh do chach ;  
 'S mar is dana bhios naimhdean,  
 'S mar is oillteil bhios blàr,  
 'S ann is airde bhios' inntinn,  
 Chum an claoideadh gu làr.

Nuair thig Dòdhul do dh-Albainn,  
 Le feachd armachd a' Chruin,  
 Gu 'n dean eunlaith na talmhainn  
 Moran seirmeachd gu ciuin ;  
 Bidh a' chubhag 's a' smeorach,  
 Cridheil, seolta ri seinn,  
 'S bidh an uiseag bheag, ghorach,  
 Gabhail oran gu binn.

'S och, gur mise bhios eibhinn,  
 Nuair thig m' eudal ri 'm thaobh,  
 Gu bhi 'g imeachd na sleibhtean,  
 Dol le cheile gu caomh ;  
 Cha bhi iomradh no cuimhne,  
 Air na chlaoidh sinn le bron,  
 'S teichidh tursa do 'n doimhne,  
 'S bidh sinn aoibhneach mar eoin,

B' e sud oran na maighdein,  
 'S i 'g a chaoidh-san gu ciuin,  
 Chaidh an comhail nan naimhdean,  
 Mar dheadh shaighdear fo 'n Chrún ;  
 'S i gun chluinntinn mar dheirich  
 Do 'n fhearr threun ud bu ghrinn,  
 A bha sìnte gun leirsinn,  
 Air bheag eifeachd no sgòinn.

Ach mo thruaighe, 's mo dhòruinn,  
 Gur ro bhronach ri inns',  
 Ann an sgeulachd no oran,  
 Mar bha 'n orduighte dhi-s' ;  
 'S mar a dheirich d' a leannan,  
 Do 'm bu charthannaich faoil,  
 Fad bho dhuthaich nam beannan,  
 'S fad bho leannan a ghaoil.

Oir chaidh urchair a gunna  
 Steach gu guineach tre' chliabh,  
 'S chaidh ' each-cogaidh a shineadh  
 Marbh, gun bhrigh, air an t-sliabh ;  
 Bha 'n shuil chalma bu chraobhaich,  
 Air a taomadh gu lar,  
 'S thuit e sios air an aonach,  
 'S chaidh a chaochladh gu gearr.

\* \* \* \*

Nuar a chual i an sgeul ud,  
 Bha i reubta le bron,  
 Ni-mò fhuaireadh le leighean  
   Leigheas-eucail d' a leon ;  
 Theich gach aoibhneas gu buileach,  
   Le meud tuireadh us caoidh,  
 'S shearg i as mar an duileach,  
   Le mor mhulad 'g a claoideh.

Ged bha rughadh 'na gruaidhean,  
   Cha b' e snuadh sin bu nòs,  
 Ach am fiabhrus 'na buadhan,  
   A rinn ruadh i mar ròis ;  
 'S ged bha 'n ainnir bu chiuine,  
   Air a ciurradh gu bàs,  
 Dh-fhuirich sgiamhachd a gnuise,  
   Dh-aindeoin ciurradh us càs.

Cha d' chuir laithean no miosan  
   Plasd a riamh air a creuchd,  
 Ni-mò fhuaireadh an triath sin,  
   Dh-aindeoin meudachd a dhreuchd,  
 Bheireadh solas d' a h-inntinn,  
   Le mor oighreachd no stàt,  
 Oir cha phosadh a mhaighdean  
   Duine saoibhear 'na àit.

Bha i ghnath air a pianadh  
 Le mor chianalas trom,  
 'S an leann-dúbh air a lionadh,  
 'S air a crionadh gu crom ;  
 Ach ged dh-fhag sud gu balbh i,  
 Air bheag seirmeachd car ùin,  
 Tamull beag mas do dh-fhalbh i,  
 Rinn i marbhrainn d' a run :—

## MARBHRAINN DHÒDHUIL.

Air fonn :—“ *MacGhriogair bho Ruaruith.*”

Cha tig Dòdhul do dh-Albainn,  
 Cha tig m' earb-sa ri m' thaobh-sa,  
 Chaoidh air uachdar na talmhainn,  
 Gu brath cha-n fhalbh mi le m' chaomh-sa.  
  
 Gu brath cha-n fhalbh mi le m' chaomh-sa,  
 Air feadh aonach no sleibhe.  
 'S ann is dual dhomh gu daonan,  
 Bhi gul 's a' caoineadh mo cheud-ghradh.  
  
 Bhi gul 's a' caoineadh mo cheud-ghradh,  
 Rinn mo leireadh le tursa,  
 'S a thug bhuam-sa mo leirsinn,  
 'S a dh-fhag fliuch, deurach mo shuilean.  
  
 A dh-fhag fliuch, deurach mo shuilean,  
 Caoidh an fhiurain bu treuna,  
 Dh-fhalbh bho gharbhlach a dhuthcha,  
 Dol null gu duthchanan ceine.

Dol null gu duthchanan ceine,  
 Dh-fhalbh mo cheud-ghradh gu sunntach,  
 Ach fo dhian-theas na greine,  
 Gur trom tha m' eudal 'na shìneadh.

Gur trom tha m' eudal 'na shìneadh,  
 Fad bho' dhillseachd 's bho chairdean,  
 Fad bho dhuthaich a shinnsear,  
 Gur lag, gun chlith, tha e 'n càradh.

Gur lag, gun chlith, tha e 'n càradh,  
 Dh-aindeoin ardachd a threunachd,  
 Dh-aindeoin calmachd a ghairdeain,  
 Gu 'n thuit a lamh lag, gun eifeachd.

Gu 'n thuit a lamh lag, gun eifeachd,  
 'S air bheag feum air cùl claidheamh,  
 'S thraigh bho chuislean a chleibhe,  
 'N fhuil bhlath 'bu treuna 's bu daingeann.

'N fhuil bhlath 'bu treuna 's bu daingeann,  
 Och, gun chaiteadh air lar i,  
 Fad bho dhuthaich nam beannan  
 'S cho fad bho' leannan bhochd, Mairi.

Fad bho' leannan bhochd, Mairi,  
 Bha mo ghradh-sa ri caochladh,  
 Fad bho phiuthar 's bho mhathair,  
 Bha 'n fhior fhuil bhlath sin ri taomadh.

Bha 'n fhior fhuil bhlath sin ri taomadh,  
 Ach mo chaomh-sa, 'na d' dheigh-sa,  
 'S gearr an tìn gus an caochlaidh,  
 'S, a ghraidh, 'na d' ghaol-sa, gu 'n eug mi.

A ghraidh, 'na d' ghaol-sa gu 'n eug mi,  
 Do bhrigh meudach mo dhoruinn,  
 Oir 's an duslach, gun leirsinn,  
 Gur gearr gu 'n steidhear fo 'n fhòd mi.

Gur gearr gu 'n steidhear fo 'n fhòd mi,  
 Ach, a Dhòdhuil, ged steidhear,  
 Bidh mo spiorad 'an comhnuidh,  
 Ag iarraidh comhla ri m' eudal.

Ag iarraidh comhla ri m' eudal,  
 Seadh, 's ma dh-fheudas tu tionndadh,  
 Teich air sgiathaibh nan speuran,  
 Us teann le deadh-ghean do m' ionnsuidh.

Us teann le deadh-ghean do m' ionnsuidh,  
 'S chi thu 'g eiridh gu direach,  
 Giubhas garbh us craobh sheillich,  
 Os ceann mo leac-sa ri direadh.

Os ceann mo leac-sa ri direadh,  
 Giubhas fiorghlan mo cheud-ghradh,  
 Agus seilleach mo shinnsear,  
 Le 'n geugan sniomhta mu cheile.

Le 'n geugan sniomhta mu cheile,  
 Oir cha-n fheudar gu'm basaich  
 An gaol seasmhach, buan, beusach,  
 Thug mis' us m'eudal 'n ar paisdean.

Bha e criochnaicht !—oir bhasaich  
 An oigh mhalda, għlan, għrinn,  
 'S anns an uaigh chaidh 'an càradh,  
 Bean a b' aillte de ' linn ;  
 A' ghnuis fhinealt, gun għruaimean,  
 Dħ-fħas i duaichnidh, gun tūr,  
 'S am beul beusach ' bu shuairce,  
 Shearg e fuar anns an ùir.

'S iomadh suil a bha deurach,  
 Air an leireadh gu truagh,  
 Air an la sin a steidheadh  
 A bhean bheusach 's an uaigh ;  
 Deanamh tuireadh, gun aoibhneas,  
 Do'n fħior mhaighdean a thriall,  
 'S ri toirt luaidh air a caoimhneas,  
 'S air mor shaoibhreas a ciall.

Ach gle għoirid 'an deigh sin,  
 Suas gu'n d-eirich dà chraobh,  
 Giubhas meanglanach, geugach,  
 Seilleach deurach ri thaobh ;  
 Aig a h-uaigh-sa gu'n d-fħas iad,  
 Far robh Mairi fo'n sħeur,  
 Agus sgaol iad gu blathmhor  
 Suas air airde nan speur.

Rinn na h-eoin nid 'n an geugan,  
 Anns a' Cheitean gheal, bhlath,  
 'S bhiodh an sneachda mar eideadh  
   'Na àm fein orra tamh ;  
 Bhiodh an duileach gu dosrach,  
 Gu'n bhi frasadh gach bliadh'n,  
 Ceart mar shamhla 's mar choslas,  
 Air gaol seasmhach nach crion.

Ach b'e mhiorbhUIL 'bu neonaidh,  
 Thar gach comhradh us sgeul,  
 Gu'm biodh Mairi us Dòdhal  
   Suibhal comhla ri cheil ;  
 Oir 'an drasda 's a rithist,  
 Ann am meadhon na h-oidhch',  
 Chit' an iomhaigh 'n an dithist,  
 Ceart mar chitheadh neach taibhs.

Chiteadh Dòdhul air steud-each,  
 Claidheamh gleusda 'na laimh,  
 Agus Mairi le eideadh,  
   Geal mar eudach bean-bainns' ;  
 Chromadh Dòdhal d'a h-ionnsuidh,  
   Deanamh tionndadh gu caomh,  
 'S chit' an cupull a b'annsaidh,  
   Null's a nall, taobh ri taobh.

Suas us sios air an t-slighe,  
 Chit' an dithist gun uaill,  
 Gaol ri lionadh an cridhe,  
 Mar bu dligheach 's bu dual ;  
 Gu àm sgaireadh nan sgailean,  
 Bhiodh iad gradhach us caoin,  
 Siubhal ciuin mar a b' abhaist,  
 Gun bhi straiceil no faoin.

Ach aig briseadh na faire,  
 Nuair bhios coillich ri gairm,  
 Bheireadh iadsan deadh aire,  
 Air bheag farum no foirm ;  
 Chluinnte sitrich an steud-eich,  
 Air an reidhlean ud thall,  
 'S dheanadh Dòdhul grad leum air,  
 Dol as leirsinn air ball,

Ann am priobadh na sula,  
 Ann an uin gu ro ghearr,  
 Rachadh Mairi a shughadh  
 Sios tre ùrlar a bhlaир !  
 'S airson iomadach bliadhna,  
 Chuirt' air dichuimhn a' chuis,  
 'S air feadh aimsirean ciana,  
 Cha-n fhaicht iomhaigh an gnuis.

Ach air oidhch-eigin araid,  
 Chiteadh sgail mar bu nòs,  
 'S mar bu nòs, chiteadh Mairi,  
 Mar bhean aluinн nuadh-phosd ;  
 'S mar a b' abhaist 'an comhnuidh,  
 Theannadh Dòdhul ri taobh,  
 'S ann an comunn us comhail,  
 Bhiodh iad comhla gu caomh.

Co mar sin nach biodh dileas  
 Do thir riomhach nam beann,  
 Do gach leannan us ribhinn  
 Bhios ag imeachd nan gleann ?  
 'S cait an d-fhuaireadh a' ghruagach,  
 Do 'm bu dual a bhi caoin,  
 Nach bidh seasmhach gu suairce  
 Le gaol uasal nach claon !!

## Ghoid iad bhuam thu.

Air fonn :—“*Mhali dhubh ohù ohò.*”

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam,*  
*Ghoid iad bhuam thu aon uair,*  
*Ach a chaoidh gu suthain, buan,*  
*Cha ghoid iad bhuam-sa rithist thu.*

'An Calcutta mhor nam bùth,  
 Thachair orm gu dearbh an cù,  
 A ghoid bhuam mo chuid gun shiu  
 Cho tursach, trom, 's a bhithinn-sa.

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam, etc.*

Ghoid am mearlach dubh gun bhaigh,  
 Ghoid e bucas beag mo ghraidh,  
 'S dh-fhag e mise caoidh le craidh  
 An t-ailleagan 'bu ghrinne leam.

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam, etc.*

'S iomadh seorsa bha 'na d' bhroinn,  
 Do 'm bu bhoidhche dreach us loinn,  
 Nithean neonach 's moran bhoinn,  
 A rinn mi cruinn a chruinneachadh.

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam, etc.*

Marbhaisg air an t-salchair bhrefn,  
 Bhrist a' ghlas bha daingeann, treun,  
 Glas nach fosgladh fear fo 'n ghirein,  
 'Na mhearrach breun ged bhitheadh e.

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam, etc.*

'S ann bha 'n iuchar dh-fosgladh tu,  
 'Na mo phocaid achlais dluth,  
 Nuair a bhual 's a bhrist an cù  
 A' ghlas bha duinte, ceangailte.

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam, etc.*

Null 's a nall thar cuan us tuinn,  
 'S iomadh bliadhna shiubhal sinn,  
 'S tusa, ghraidh, cho aluinn, grinn,  
 Ri cumal cruinn mo litrichean.

Seisid :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam, etc.*

Ach mo chreach, mu dheireadh thall,  
 Ghoideadh thu le bruid de Ghall,  
 'S dh-fhag thu mise caoidh do chall,  
 Gun fhios dè 'n toll 's na chuir iad thu.

Seisid :—*Ghoid iad bhuan thu, ghoid iad bhuan, etc.*

'S bochd nach b' urrainn dhut toirt glaodh,  
 Nuair a chaidh an traill 'na d' ghaoth,  
 'S cha b' ann aon-chuid mall no maoth,  
 Ach grad ri d' thaobh a bhithinn-sa.

Seisid :—*Ghoid iad bhuan thu, ghoid iad bhuan, etc.*

Bhrist am balgair mosach thu,  
 'S ghoid e 'n t-airgiod bha 'na d' bhrugh,  
 'S thilg e bhuaith thu air bheag fiu,  
 Mar ni nach b' shiu leis bruidhean air.

Seisid :—*Ghoid iad bhuan thu, ghoid iad bhuan, etc.*

'S nuair a shuair mi thu fadheoidh,  
 Brist us buailt air iomadh doigh,  
 Dh-fhas mi cheart cho binn ri oigh,  
 Ri seinn deadh oran milis dhut.

Seisid :—*Ghoid iad bhuan thu, ghoid iad bhuan, etc.*

Seadh, 's gu 'n càraich sinn gun dail  
Taobh mo ghaoil a bhrist an traill,  
'S triallaidh sinn a null thar sàl,  
Gu tir mo ghraidh 's mo chridhe-sa.

Seisd :—*Ghoid iad bhuam thu, ghoid iad bhuam,*  
*Ghoid iad bhuam thu aon uair,*  
*Ach a chaoidh gu suthain, buan,*  
*Cha ghoid iad bhuam-sa rithist thu.*

'S Mise nochd tha Sunntach.

Air fonn :—“*Ghillean, bithibh sunntach*  
*A null air a 'voy'ge.*”

Seisd :—’*S mise nochd tha sunntach*  
*A null dol a sheoladh,*  
*Ri fagal nan Innsean,*  
*Gu rioghachd nam mor-bheann.*

Tha 'n long cho ùr gun bheud orra,\*  
Cho grinn 's a chualas sgeul orra,  
Mar nighean bhriagh Ghaidhealach,  
Fo h-eideadh glan, gun sgòid air.

Seisd :—’*S mise nochd tha sunntach, etc.*

Air turus tùs a cuairteachaidh,  
Gur aotram, luath, a għluiseas i,  
Ri sgapadh thonn mu 'n cuairt orra,  
Gu tir nan gruagach bhoidheach.

Seisd :—’*S mise nochd tha sunntach, etc.*

\* Last year the author was unexpectedly recalled to India for a brief period, when this and the two following songs were written. He returned in the P. & O. ship *India*, the largest ship that ever crossed the Indian Ocean. She was on her maiden voyage too, and hence the allusions in this song.

Ma bhios am Freasdal trocaireach,  
 Gur mi bhios sunntach, solasach,  
 Nuair chi mi baile Steornabhaigh,  
 A b' òg a b' aithnne dhomh-sa.

Seisd :—'S mise nochd tha sunntach, etc.

B' e sud an tir a ghradhaich mi,  
 'S a riamh bha sgiamhach, aluinn leam,  
 'S an cluinnte cainnt mo mhathar leam,  
 'S an tir a dh-araich òg mi.

Seisd :—'S mise nochd tha sunntach, etc.

Ged sheideadh gaoth gu buaireasach,  
 Le gàbhadh mor 'g ar cuairteachadh,  
 'S ged bhiodh na tuinn ri nualanaich,  
 Gu 'n cum sinn tuath an t-sroin aic'!

Seisd :—'S mise nochd tha sunntach, etc.

Oir stiuraidh sinn gu direach i,  
 Gu 'n ruig sinn tir ar sinnsearachd,  
 'S gu 'm bidh sinn daingeann, firineach,  
 Do thir nan gleann 's nam mòr-bheann.

Seisd :—'S mise nochd tha sunntach,

*A null dol a sheoladh,*  
*Ri fagail na h-Innsean,*  
*Gu rioghachd nam mor-bheann ;*  
*'S mise nochd tha sunntach,*  
*A null dol a sheoladh.*

## Cuir fault' air mo Ribhinn.

Air fonn :—“*Gur gile mo leannan na 'n eal' air an t-snàmh.*”

Seisd :—

*Cuir failte, cuir failte, cuir failte bhuam fein,  
Cuir fault, air mo ribhinn d' Innseachan cein,  
Cuir fault, air a' ghruagach rinn buaireasach mi,  
'S bho sheol mi air cuan a rinn gruamach mo chri.'*

Nuair b' eigin dhomh seoladh fo ordugh a Chruin,  
Gur mi nach robh eibhinn ri treigsinn mo run,  
A null gu bhi 'g imeachd do dh-Innseachan cein,  
Tha 'n trath so 'g am riasladh le dian-theas na grein.  
Seisd :—*Cuir failte, cuir failte, cuir failte bhuam fein, etc.*

Chaidh saighdean a gaoil tre mo thaobh-sa cho teann  
'S gu 'n dh-fhas mi ro bhronach, gun sòlas dhomh ann,  
Le 'm inntinn cho ciurta le curam us craidh,  
A chaoidh gus an tionndaidh mi dh-ionnsuidh mo  
ghraidh.

Seisd :—*Cuir failte, cuir failte, cuir failte bhuam fein, etc.*

166 CUIR FAILT' AIR AN RIBHINN

Ach 's gearr gus am fag mi gach àit air mo chul,  
'S le ceum cridheil, sunntach, gu 'n tionndaidh mi null,  
A dh-ionnsuidh na duthcha bu mhuiarnich leam riamh,  
S a dh-ionnsuidh na h-oighe bu bhoidhche leam  
sgiamh.

Seisd:—*Cuir failte, cuir failte, cuir failte bhuam fein, etc.*

Gu 'n ionnsaich mi Gaidhlig do bhanrigh mo ruin,  
'S a chaoidh bidh sinn gradhach ri manran gu ciuin,  
Mar smeorach 's an Cheitean gu h-eibhinn ri seinn,  
'S gu tric ri cuir orain 'an ordugh gu binn.

Seisd:—

*Cuir failte, cuir failte, cuir failte bhuam fein,*  
*Cuir failt' air mo ribhinn á Innseachan cein,*  
*Cuir failt' air a' ghruagach rinn buaireasach mi,*  
*'S bho sheol mi air cuan a rinn gruamach mo chri.*

## Failte Bean na BainNSE,

Air sonn ur leis an ughdar fein.

Choisinn mi dhomh-fhein nighean bhoidheach, dhonn,  
An ribhinn thar miltean bu bhoidhche team,  
Choisinn mi dhomh-fhein nighean bhoidheach, dhonn;

Choisinn mi dhomh-fhein  
Nighean bhanal, mhin,  
Bu shiobhalta briodal us comhradh rium,  
Choisinn mi dhomh-fhein nighean bhoidheach, dhonn.

Cha b' e nighean ghorach a roghnaich mi,  
Ach fior nighean bhoidheach a leon mo chri,  
Choisinn mi dhomh-fhein nighean ghorach a roghnaich mi ;  
Ach nighean chridheil, chiuin,  
Do 'n d-thug mise run,  
Nach caochail 's an uir gus an duinear mi,  
Choisinn mi dhomh-fhein nighean ghorach a roghnaich mi.

168 FAILTE BEAN NA BAINNSE

Nuair a chuir mi cul ri mo ghruagach dhonn,  
'S e b' eigin dhomh seoladh muir mhor nan tonn,  
Nuair a chuir mi cul ri mo ghruagach dhonn ;  
    Nuair a chuir mi cul,  
    Shil gu fliuch mo shuil,  
Ri fagail mo run-sa cho tursach, trom,  
Nuair a chuir mi cul ri mo ghruagach dhonn.

Bha sinn uile deuchainneach, doruinneach,  
Ach nis bidh sinn duanagach, dochasach,  
Bha sinn uile deuchainneach, doruinneach ;  
    Oir thainig mis' thar tuinn,  
    Gu posadh m' ainnir ghrinn,  
'S a chaoidh bidh sinn aoibhneach, us solasach,  
Bha sinn uile deuchainneach, doruinneach.

*Choisinn mi dhomh-fhein nighean bhoidheach, dhonn,*  
*An ribhinn thar miltean bu bhoidhche leam,*  
*Choisinn mi dhomh-fhein nighean bhoidheach, dhonn ;*  
    *Choisinn mi dhomh-fhein*  
        *Nighean bhanal, mhin,*  
*Bu shiobhalta briodal us comhradh rium,*  
*Choisinn mi dhomh-fhein nighean bhoidheach, dhonn.*

## A' Mhaighdean Mhara.

An t-amhran-luaidh a rinn an Sgiobair Sgiobalt do 'n long mhor a' *Mhaigdean-mhara* nùair a chuir an Leisgean Liobadach air tir i air Sgeir-mhor Steornabhaigh !

Togam fonn gu sunntach, gleusda,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Moladh sgoinn mo mhaighdein bheusaich,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Leis 'm bu mhiann leam fhein bhi seoladh,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Druim a' chuain gu luaineach, gorach,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Marbhaisg air an t-salchair ghrannda,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Thilg air tir mo ribhinn mhalda,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Gus na bhrist na tuinn an taobh aic',  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Taobh na maighdein ghrinn bu chaomh leam,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,

S' tric a chuir mi grinn fo bhreid i,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 'S och, bu sgiamhach iomhaigh m' eudail,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Nuair a chuirt' i ceart fo h-aodach,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Cha bhiodh m' annsachd mall no slaodach,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha hò.

Chite siuil ri bruchdadhbhoidheach,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 'S tuinn le cheile leum fo 'n t-sroin aic',  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Ged bhiodh gaoth gu cruidh ri seideadh,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 'S tuinn a' chuain le fuaim ri beucaich,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,

Sheoladh i os ceann gach aon ac',  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Cheart cho aotram fonn ri faolag,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

'S mis an sin bhiodh sunntach, gorach,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Cumal curs' air stiuir na h-oighe,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Riamh cha-n fhacas sgraing bho h-aodann,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Nuair bu ghairge fairge 's faoileach,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

Chite cop nan tonn ag eiridh,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò,  
 Cheart go geal ri canach sleibhe,  
 Hilùrabha-hò, hilùrabha-hò.

